

Blair. 427.

THOMSON'S
SACRAMENTAL CATECHISM,
AND
Address to Communicants,
IN GAELIC.

Price Sixpence.



Evelyn S. Murray
LEABHAR-CHEISTEAN *1870*

AIR SON

LUCHD-COMANACHAIDH FHOGHLUM

ANN AN

NADUR AGUS FEUMALACHD

SACRAMAID SUIPEIR AN TIGHEARNA,

AGUS ANNS NA

**TEAGASGAN AGUS NA DLEASANNASAN A THA 'N
DLU-DHAIMH RIS AN ORDUGH SO,**

MAILLE RI

EARAIL CHOMANACHAIDH.

LE

AINDREA TOMSON, D.D.

MINISTEAR A BHA-ANN AN EAGLAIS NH. DEORSA ANN AN DUN-EIDEANN.

AIR EADAR-THEANGACHADH GU GAELIG,

LE

A. MAC-FARLAIN.

EDINBURGH:

PUBLISHED BY

THORNTON & COLLIE, 19, ST. DAVID STREET.

1840.

. CHA 'n 'eil e air a shònrachadh gu 'm biodh an Leabhar Cheistean so air ionnsachadh le muinntir air am meoghair, air an dòigh anns an gnàth leabhraichean cheist eile ionnsachadh. Tha chuid mhòr de na freagraidhean cho fad' is gu 'm bheil so ro dheac-air r' a dhèanamh : Ach (anns an Leabhar so) tha 'n riaghailt cheas-naichidh air a roghnachadh, do bhrìgh gu 'm bheil i air a meas nì 's ro fhreagarraiche chum eòlais a thoirt gu furasda dh' ionnsuidh a chuid is mò do leughadairean, le pungalachd agus éifeachd.

'S e 'n leabhar beag so a bhli, le beannachadh Dhé, a' fòghlum eòlais a bhios feumail do dh'iomadh neach ùrnuigh ro dhùrachdach an Ughdair.

A. T.

Sprouston an 30 latha }
de 'n Mhàigh, 1807. }

Tha 'm mor-mheas a fhuair an leabhar beag so o 'n t-sluagh, o 'n àm a chaidh chur a mach, 'n a làn-dearbhadh air fheumalachd. Tha e o cheann fhad' aidichte ann an Eaglais na h-Alba mar leabhar anns am bheil a Teagasgan no a riaghailtean suidhicht' air an cur sìos—agus tha e 'n a làn-chòmhdach air a mhòr-luach gu 'n do reiceadh fagus do dhà cheud mìle dhiubh so ann am Beurla.

LEABHAR-CHEISTEAN, &c.

1. Ceist. Ciod na h-earrannan de 'n Tiomnadh Nuadh a tha toirt cunntais dhuinn air Sàcramaid Suipeir an Tighearna?

F. FREAGAIRT. Mata xxvi. 26.; Marc xiv. 22.; Luc. xxii. 19.; 1 Corint. xi. 23.

2. C. Cò leis a bha 'n t-Sàcramaid so air a suidheachadh?

F. Le Iosa Crìosd, Mac Dhé, agus Slànuighear an t-saoghail.

3. C. C' uin' a shuidhich e i?

F. Air a' cheart oidhch' anns na bhrath Iudas e do làmhaidh a naimhdean.

4. C. Ciod na h-ainmean leis am bheil i gu tric air a h-aitheanachadh?

F. Tha i gu tric air a h-ainmeachadh Suipeir an Tighearna, am Buidheachas, no an Comanachadh.

5. C. C'arson a theirear Suipeir an Tighearna rithe?

F. Do bhrìgh gu 'n robh i air a suidheachadh le Crìosd air ball an déigh dha Suipeir na Càisg' itheadh maille r' a dheisciobluibh, agus tha i gu bhì air a meas le Crìosduidhean mar chuirn onoir do'n Tighearn.

6. C. C'arson a theirear am Buidheachas rithe?

*F. Do bhrìgh gu'm bheil i na h-aobhar breith-buidheachais shòlaimte, ro shònraichte do Dhia, air son a mhathais, le Mhac féin a thoirt suas gu bàs air son ar slàinte—agus tha 'm facal *Buidheachas* air a tharuinn o fhacal do 'm brìgh *Breith-buidheachais*.*

7. C. C'arson a theirear an Comanachadh rithe?

F. Do bhrìgh aon chuid gur co-chomunn so ri Crìosd ar Slànuighear, no mar so gu 'm bheil co-chomunn againn ri aon a chéile mar dheisciobuil Chrìosd.

8. C. An robh e air a rùnachadh gu 'm biodh i mar dhleasannas maireannach 's an Eaglais?

F. Bha.

9. C. C'arson a tha thu saoil sinn sin?

*F. Air son gu 'm bheil an t-Abstol Pòl, ag ràdh “ Oir cia minig as a dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna *gus an tig e,*” (1 Cor. xi. 26.) agus do bhrìgh gu'n*

robh Crìosduidhean nan ceud linntean, aig an robh na cothroman a b' fhèarr chum bhi fiosrach mu 'n chuis, de 'n bheachd so, agus gu'n do ghnàthaich iad an cleachdadh an déigh do na deisciobuil agus na h-Abstoil an saoghal fhàgail.

10. C. Cia cho minig is bu chòir a coimhead ?

F. Cha 'n 'eil an Sgriobtur a' toirt seòlaidh araid dhuinn air a' phuing so, ach gu cinnteach faodaidh sinn a cho-dhùnadh, a thaobh a nàduir agus a feuma, gu 'm bu chòir dhuinn a coimhead cho tric is a gheibh sinn cothrom no cheadaicheas ar cor.

11. C. Ciod iad na h-cileamaidean* a th' air an gnàthachadh anns an t-Sàcramaid so ?

F. Aran agus fìon.

12. C. Ciod a rinn an Slànuighear mu 'n do roinn e an t-aran agus am fìon ?

F. Thug e buidheachas agus bheannaich e iad.

13. C. Ciod a tha so a' teagasg dhuinn ?

F. Tha e a' teagasg dhuinn ar taingealachd a nochdadh do Dhia air son a mhoir-thròcair, agus a chaomh-chàirdeis mu 'n compàirtich sinn dheth 'n òrdugh, agus earbs' a bhi againn 'na bheannachd-san, mar an aon ni ambàin, a tha comasach air a dhèanamh feumail duinn.

14. C. Ciod a tha 'n t-aran agus am fìon a th' air an gnàthachadh aig Suipeir an Tighearna a' samhlachadh ?

F. Tha 'n t-aran a th' air a bhristeadh, agus am fìon a th' air a dhòrtadh, a' samhlachadh corp briste agus fuil dhòirte Chrìosd ; no, mar is freagarraiche, tha iad a' ciallachadh na h-ìobairt-reitich, dheth féin, a thug Crìosd suas air son peacaidh, 'nuair bha chorp air a bhristeadh, agus fhuil air a dòrtadh air a' chrann.

15. C. Cia uaith a ta so air fhaicinn ?

F. O bhriathraibh an t-Suidheachaidh. An uair a thug ar Slànuighear an t-aran d' a dheisciobluibh, thubhairt e, " is e so mo chorp-sa a ta air a thoirt air bhur son-sa : " agus, 'nuair thug e dhoibh an cupan, thuirt e, " is e an cupan so an Tiomnadh Nuadh ann am fhuil-sa, a dhòirteadh air bhur son-sa."

16. C. Ciod a tha thu ciallachadh le Crìosd g'a thairgseadh féin suas mar ìobairt-peacaidh ?

* Samhlaidhean.

F. Tha mi a' ciallachadh le e dh' fhulang, 'n ar n-àite agus 'n ar riochd, fearg agus mallachd Dhé, ni a bha dligheach dhuinne air son bristidh an lagha naomba.

17. C. An tug Crìosd da rìreadh e féin suas mar ìobairt air son peacaidh?

F. Thug: tha sin air innseadh dhuinn 's an Sgrìobtur cho réidh agus cho soilleir 's a chuireas cainnt an céill e.

18. C. Ciod i cainnt an Sgrìobtuir air a' phuing sin?

F. "Agus gluaisibh ann an gràdh, eadhon mar a ghràdhaich Crìosd sinne, agus a thug se e féin air ar son, 'na thabhartas agus 'na ìobairt deagh-fhàile do Dhia." (Ephes. v. 2.)

"Oir a ta eadhon Crìosd ar n-uan càisge air ìobradh air ar son." (1 Corint. v. 7.)

"Oir dh' fhuilig Crìosd féin aon uair air son pheacanna, am fìrean air son nan neo-fhìrean, (chum gu 'n tugadh e sinne gu Dia,) air dha bhi air a chur gu bàs 's an fheoil, ach air a bheothachadh tre an Spiorad." (1 Pead. iii. 18.)

"Agus tha gach uile shagart a' seasamh gach là, a' frithealadh agus a' toirt suas nan ìobairt cheudna gu minig, nithe do nach 'eil e 'n comas a chaoidh peacanna thoirt air falbh: ach an duine so, an déigh dha aon ìobairt a thoirt suas air son peacaidh, shuidh e a chaoidh tuilleadh air deas làimh Dhé." (Eabh. x. 11, 12.)

19. C. Am bheil an ìobairt so, a ta air a samhlachadh ann an Suipeir an Tighearna, gu bhi air earbs' aiseide mar ni làn-iomlan agus freagarrach air son na crìche mu 'n d' thugadh suas i?

F. Tha: tha i mar sin, araon do bhrìgh i bhi air a h-òrduchadh le Dia, agus mar an ceudna gu'n robh i air gabhail rithe gu toileach leis-san.

20. C. Cia mar a tha fios agad gu'n robh i air a h-òrduchadh le Dia?

F. O earrannan de 'n Sgrìobtur mar iad so:

"Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e aon-ghin Mhic féin, chum a's ge b' e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu 'n bì a' bheatha shìorruidh aige." (Eoin iii. 16.)

“ Agus leag an Tighearn air-san (’s e sin, air Crìosd) aingidheachd gach aon dinn.” (Isa. liii. 6.)

“ Air dhoibh bhì air am fireanachadh gu saor le a ghràs, tre an t-saorsa a ta ann an Iosa Crìosd : neach a shònraich Dia (no roimh-òrduich e,) gu bhì ’n a ìobairt-réitich.” (Rom. iii. 24, 25.)

21. C. Cia mar a ta fios agad gu’n do ghabh Dia gu toileach ris an ìobairt a thug Crìosd suas?

F. Tha mi toirt sin fainear o uile bhrìgh an t-soisgeil, mar a ta e air a chur sìos ann an sgrìobhaidhean nan Soisgeulach agus nan Abstol, agus gu sònraichte o na dearbhaidhean so a leanas. “ Ach a ta sinn a’ dèanamh gairdeachais an Dia, tre ar Tighearn Iosa Crìosd, tre an d’ fhuair sinn a nis an réite.” (Rom. v. 11.)

“ Dh’ irioslaich se e féin, (is e sin, Crìosd) agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a chroinne-chéusaidh. Air an aobhar sin, (is e sin, mar chomharradh air a thlachd ann,) dh’ àrdaich Dia e gu ro àrd mar an ceudna, agus thug e dha ainm os ceann gach uile ainme.” (Philip. ii. 8, 9.)

“ Agus is an o Dhia a ta na h-uile nithe, an Tì a rinn sinne réidh ris féin tre Iosa Crìosd, agus a thug dhuinn ministreileachd na réite ; eadhon gu robh Dia ann an Crìosd, a’ dèanamh an t-saoghail réidh ris féin, gun bhì a’ meas an cionta dhoibh.” (2 Cor. v. 18, 19.)

22. C. Am bheil bàs no ìobradh suas Chrìosd air a chrann, gu bhì air a mheasmar ni air bith a bharr air ìobairt-réitich air son peacaidh?

F. Tha : tha e mar an ceudna gu bhì air a mheas mar an earrann chrìochnachaidh de ’n ùmhlachd sin do lagh Dhé, ni a ghabh Crìosd os làimh a dhìoladh mar “ *Iehobhah ar fireantachd-ne,*” (Ier. xxiii. 6.) agus air dha bhì an uair sin ann an staid fulangais, tha i mar is tric air a h-ainmeachadh *fulangas* no ùmhlachd (fhulangais) ; mar a tha coimhlionadh iarrtasan an lagha leis-san rè a bheatha air a h-ainmeachadh ùmhlachd *gnìomha*.

23. C. Nach ’eil bàs Chrìosd, air an aobhar sin, air a chur an céill anns an Sgrìobtur, mar an t-aobhar is deagh-thoillteanaiche dheth gach uile bheannachd a ta air an taisbeanadh ’s an t-soisgeul?

F. Tha : tha ’n t-Abstol Pòl ag radh, “ Oir cha d’ òrduich Dia sinne chum feirge; ach chum slàinte fhaotainn

tre ar Tighearna Iosa Crìosd, a fhuair bàs air ar son, chum co aca is faireach no cadal dhuinn, gu 'm bith-eamaid beo maille ris." (1 Tesa. v. 9, 10.)

24. C. Am bheil mathanas peacaidh air a chur as leth bàis no iobairt Chrìosd?

F. Tha: "Anns am bheil againne saorsa tre 'fhuil-san, mathanas nam peacadh." (Eph. i. 7.)

25. C. Am bheil sìth agus réite ri Dia air an cur as leth an aobhair cheudna?

F. Tha: "tha sibhse a bha roimh so fad o làimh, air bhur toirt am fagus tre fhuil Chrìosd, oir is e-san ar sìth-ne;" (Eph. ii. 13, 14.) agus, "oir ma 's e air dhuinn bhì 'n ar naimhdibh, gu 'n d'rinneadh réidh ri Dia sinu tre bhàs a mhic." (Rom. v. 10.)

26. C. Am bheil sochair na beatha-shìorruidh air a cur as leth an aobhair cheudna?

F. Tha: oir a ta ar Slànuighear féin ag ràdh, "e-san a dh'itheas m' fheoil-sa, agus a dh'òlas m' fhuil-sa,"—'s e sin ri ràdh, e-san a chuireas a mhuinghinn ann an òrdheirceas mo bhàis,—“a ta a' bheatha shìorruidh aige; agus togaidh mise suas e air an là dheireannach.”

27. C. Am bheil iomchuidheachd air son nèimh' air a chur as leth an aobhair cheudna?

F. Tha: "Glanaidh fuil Iosa Crìosd, a Mhic, sinn o gach uile pheacadh." (1 Eoin i. 7.)—"Leis an toil so tha sinne air ar naomhachadh, tre toirt suas cuirp Iosa Crìosd, aon uair." (Eabh. x. 10.)—"Oir le aon iobairt rinn e chaoidh foirfe iadsan a ta air an naomhachadh." (Eabh. x. 14.)

28. C. Nach 'eil na beannachdan sin gu leir, air an dòigh so, air an cur far comhair ann an Sàcramaid naomh na Suipearach?

F. Tha: Anns an òrdugh sin tha Crìosd air a thairgse dhuinne, agus ch'è sinn e le creideamh, mar ar slàinte, anns a t-seadh (no bhrìgh) is farsuinne deth 'n fhacal—mar, "Neach a rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas, 'na fhìreantachd, 'na naomhachd, agus 'na shaorsa." (1 Cor. i. 30.)

29. C. C'arson a chompàirticheadh sinne dheth 'n òrdugh so?

F. Air son iomadh reusan làidir agus cudthromach.

30. C. Ciod e do cheud reusan no t-aobhar?

F. Dh'àithn Crìosd, fo ùghdarras d'an còir dhuinne gluasad, "So a dhèanamh mar chuimhneach-an air-san," agus is e ar leas, cho math ri ar dleasannas, a bhi ùmhal dha anns gach uile ni.

31. C. Ciod e do dhara reusan ?

F. Bu chòir dhuinn Crìosd a ghràdhachadh ; agus compàirteachadh de 'n òrdugh so mar chomharradh air ar gràdh dha, ann a mheud a's a ta e comh-fhreagairt ri 'iarrtus ; oir thubhairt e féin, "ma 's toigh leibh mise, coimhidibh m' àitheantan : " (Eoin xiv. 15.) agus ann a mheud is a ta e nochdadh ar dùrachd air son a mhathais, agus a thròcair ann am bàsachadh air ar son.

32. C. Ciod e do threas reusan ?

F. Tha an t-òrdugh so 'n a aon mheadhon mòr air son cumail suas cuimhne air Crìosd anns an t-saoghal so agus ann ar cridheachan féin ; agus tha e a' toiltinn, ann an tomhas anabarrach, air a bhi air a chumail ann an cuimhne mhaireannaich.

33. C. Ciod e do cheathramh reusan ?

F. Tha Sàcramaid na Suipearach 'n a sàr-chlothrom air aideachadh, gu follaiseach agus gu sòlaimte, a dhèanamh air ar creideamh ann an Crìosd, agus air ar dlù-leanmhuinn air a shoisgeul.

34. Am bheil e mar fhiachan ort do chreideamh aideachadh gu follaiseach ?

F. Tha : Thubhairt ar Slànuighear gu firinneach, "Ge b'e dh' aidicheas mise am fianuis dhaoine, aidichidh mise e-san mar an ceudna am fianuis m' Athar a ta air nèamh. Ach ge b'e dh' àicheadhas mise am fianuis dhaoine, àicheadhaidh mise e-san am fianuis m' Athar a ta air nèamh ;" (Mata x. 32, 33.) agus gu cinnteach, tha gu'n bhi 'g aideachadh Chrìosd, gu bhi air a mheas co-ionnan ri bhi 'g a àicheadh.

35. C. C'arson a tha òrdugh na Suipearach air ullachadh gu sònraichte chum ar creideamh aideachadh ?

F. Do bhrìgh gu 'm bheil suil an t-saoghail 's an àm sin ni 's ro fhaicilliche mu 'r timcheall ; agus do bhrìgh le itheadh agus òl aig Bòrd an Tighearna, gu'm bheil sinn a' cur ar n-aonta ri teagasg a' chroinne-chéusaidh, ni a

tha 'n a laidhe aig dearbh-stéidh an t-soisgeil agus a tha 'n a phrìomh-aobhar oilbheim do naimhdean an teagaisg sin.

36. C. Ciod e t-ath reusan ?

F. Tha Sàcramaid na Suipearach 'n a meadhon cumhachdach chum neartachaidh agus leasachaidh nan gràsan is ro-chudthromaiche dheth n' bheatha spioradail.

37. C. Cia mar a ta i 'g oibreachadh ann an neartachadh ar creideamh ?

F. Tha i neartachadh ar creideimh le bhi toirt dhuinn beo-fhoillseachadh air teagasg mòr agus taitneach na h-ìobairt-réitich, ni a ta dèanamh Chrìosd cho ro airidh air gu 'n cuireadh sinne ar làn-dòchas ann.

38. C. Cia mar a ta i leasachadh gràis an aithreachais ?

F. Le bhi foillseachadh, air a mhodh is treise air bith, mòr ghràinealachd a' pheacaidh, ni do nach tugadh Dia mathanas gun a Mhac féin a bhi air ìobradh suas; agus tha so gu nàdurrach 'g ar treòrachadh gu fhuathachadh le fuath mòran is iomlaine, agus mòr-bhròn a mhothachadh a chionn sinn a chuir an gnìomh, agus a bhi ni's furachaire chum a sheachnadh 's an àm ri teachd.

39. C. Cia mar a ta i leasachadh ar gràidh agus ar taingealachd do dh'Iosa Crìosd ?

F. Le Crìosd a bhi air a nochdadh a' bàsachadh gu làn-toileach a thionndadh a thaobh corruich nèimh'o ar n-anmaibh, agus g'ar n-aisig gu fàbhar agus càirdeas Dhé.

40. C. Cia mar a ta i leasachadh ar gràidh do'n chinne-dhaoine?

F. Le bhi cur luachmhoireachd anma an duine 'n ar cuimhne, a tha foillsichte anns an ìobairt a thug Crìosd suas chum ar tèarnaigh; agus le ar cruinneachadh an ceann a chéile ann an òrdugh a tha taisbeanadh, "a mhòir-ghràidh leis an do ghràdhaich e sinn;" (Eph. ii. 4.) oir "Ma ghràdhaich Dia sinne mar sin, tha e mar fhiachaibh oirne a chéile a ghràdhachadh mar an ceudna." (1 Eoin iv. 11.)

41. C. Ciod e t-ath reusan ann a bhi compàirteachadh de Shuipeir an Tighearna ?

F. Tha i na màthair-aobhair mòr-sholais fo gach àmhghar do 'm bheil sinn buailteach anns an staid pheacaich neo-fhoirfe so.

42. C. Cia mar a ta i toirt comh-fhurtachd dhuinn fo fhéin-mhothachadh air ar ciont ?

F. Tha i a' cur 'n ar làthair na h-ìobairt' iomlan sin a thairg Crìosd, agus ris na ghabh Dia, air son peacaidh dhaoine, agus anns am faod sinn, air an aobhar sin, earbsa gu tèaruinnte, gu 'm faigh sinn mathanas agus réite.

43. C. Cia mar a ta i toirt comh-fhurtachd dhuinn fo mhothachadh air ar n-anmhuinneachd agus gàbhadh spioradail ?

F. Tha sinn a' faicinn, ann an cuimhneachanan cuirp briste agus fola dhòirte Chrìosd, gealladh sòlaimte, e-san a bhàsaich mar so as ar leth nach treig e gu bràth sinn, gu 'n cuidich e le ar n-anmhuinneachd, gu 'n dìon e sinn o ar naimhdean, agus gu'n treòraich e sinn gu tèaruinnte chum a rioghachd nèamhaidh.

44. C. Cia mar a ta i toirt comh-fhurtachd dhuinn fo uallach ar n-àmhgharan aimsireil ?

F. Tha sinn a' faicinn anns an aran agus anns an fhìon, a tha mar shamhlaidhean air ìobairt ar Fìr-saoraidh, seula a' chumhnaint ghràs-mhoir sin leis am bheil Dia, Fear-stiuiridh gach cùise, a tha 'n a Athair truacanta nèamhaidh dhuinn, a's a bheir air àmhghairean na beatha so bhi “ ag òibreachadh dhuinne trom-chudthrom glòire a ta ni 's ro anabarraich agus sìor-mhaireannach.” (Cor. iv. 17.)

45. C. Ciod e t-ath reusan ann a bhi compàirteachadh de Suipeir an Tighearna ?

F. Tha i 'n a comharradh sònraichte air sinn a bhi gabhail ris an t-soisgeul, agus air fàbhar Dhé d' ar taobh, ma tha ar gabhail ris an t-soisgeul da rìreadh dùrachdach, oir thubhairt Crìosd, 'nuair thug e 'm fìon do 'dheisciobluibh, “ 'S e 'n cupan so an Tìomnadh nuadh,” (no, mar dh'fhaodadh e bhi air eadar-theangachadh,) “ an Cumhnant nuadh ann am fhuil-sa.”

46. C. Ciod a tha thu ciallachadh 'nuair tha'n soisgeul air a mheas mar Thìomnadh, no mar rùn deireannach ar Slànuighir ?

F. Anns a chùis so, tha fìon na Sàcramaide a' taisbeanadh fala no bàis Chrìosd an Fhìr-Thìomnaidh, leis na cheannaich e na beannachdan a th'air an tìomnadh ; agus an uair a chompàirticheas sinne deth 'n fhìon, tha sinn a' cur an céill air ball ar dearbh-chreideimh ann an

luachmhoireachd a bhàis, agus ar gabhail gu càirdeil ris na beannachdan a tha e giùlan d' ar n-ionnsuidh trid a Thiomnaidh no a Shoisgeil.

47. C. Ciod a tha thu ciallachadh, 'nuair tha 'n soisgeul air a mheas mar chumhnant?

F. Anns a bheachd sin, is i fuil Chrìosd an seula leis am bheil an Cumhnant Nuadh air a dhaingneachadh; agus an uair a dh'òlas sinn am fìon a ta samhlachadh fala Chrìosd, tha sinn a' taisbeanadh ar gabhail ris a chumhnant so agus 'g ar ceangal féin a choimhlonadh gach dleasannas tha e so ag iarraidh.

48. C. Nach deach' inntrinneadh anns na cumhnantan so 'nuair a bha thu air do bhaisteadh?

F. Chaidh: le Sàcramaid a' bhaistidh bhi air a frith-ealladh dhomh, bha mi gu sòlaimte agus gu cinnteach air mo cheangal gu bhi leis an Tighearna; ach do bhrìgh mo naoidheanachd, cha b' urrainn mi m' aonta féin a chur ris gach ni a rinneadh, tha mi compàirteachadh uime sin do Shuipeir an Tighearna chum mo chumhnantan baistidh ath-nuadhachadh, le mi féin a choisrigeadh, gu fiosrach agus gu deònach, do Dhia trid Iosa Crìosd, do 'n robh mi air mo bhaisteadh: agus tha mi dèanamh an ath-nuadhachaidh so air mo chumhnantan baistidh cho tric agus a chompàirticheas mi de Shuipeir an Tighearna.

49. C. Ciod an dòigh anns am bheil am baisteadh ag eadar-dhealachadh o Shuipeir an Tighearna?

F. Cha 'n eil am baisteadh gu bhi air a fhrithealadh ach aon uair amhàin—ach Suipeir an Tighearna gu minig: tha am baisteadh na chomharradh air ar n-athghineamhuinn agus “air cur umainn Chrìosd,”—tha Suipeir an Tighearna 'n a comharradh air a bheathachadh spioradail a ta sinn a' tarrainn o Chrìosd: faodaidh am baisteadh bhi air a fhrithealadh do naoidheanaibh—ach Sàcramaid na Suipearach dhoibh-san amhàin is urrainn “iad féin a rannsachadh:” leis a bhaisteadh tha sinn air ar gabhail a stigh, no air ar n-inntrinneadh, do dh'-Eaglais fhaicsinnich Chrìosd—le Sàcramaid na Suipearach tha sinn ag aideachadh ar déidh air fantuinn gu bunailteach 's an Eaglais, agus ar dilseachd d' a teagasgan agus d' a reachdan.

50. C. Ciod an dòigh anns am bheil an dà òrdugh so a' co-fhreagairt?

F. Tha iad araon o òrdugh naomha: tha iad araon a' taisbeanadh Chrìosd agus na sochairean a cheannaich e; tha iad araon 'n an seulachan air an aon chumbhant; tha iad araon 'g ar cuir fo fhiachan sònraichte do naomhachd cridhe agus caithe-beatha; agus tha iad araon gu bhi air an gnàthachadh 's an Eaglais gu ath-thighinn Chrìosd.

51. C. Ciod e t-ath reusan air son compàirteachadh de Shuipeir an Tighearna?

F. Tha i na dearbhadh follaiseach air ar co-chomunn agus ar companas ri Crìosd; mar a ta sinn a' fòghlum o bhriathran an Abstoil Phòil, 'nuair a ta e comhairleachadh nan Corintianach an aghaidh iodhol-aoraidh, no, "cha b'àill leam comunn a bhi agaibh-sa ri deamhnaibh," do bhrìgh gu'n robh iad cheana "nan luchd-compàirteachaidh do Bhòrd an Tighearna;" (1 Cor. x. 20, 21.) agus air an dòigh so a' taisbeanadh an companais ri Crìosd.

52. C. Am bheil reusan air bith eile agad a bharr air na dh'ainmich thu cheana?

F. Tha aon reusan eile fathast, agus is e so e:—tha Shuipeir an Tighearna 'n a cothrom air co-chomunn a chumail ri aon a chèile, mar chreidmhich ann an Crìosd; a chionn le itheadh agus òl cuimhneachanan a bhàis aig an aon Bhòrd, tha sinn a' taisbeanadh ar déidh air compàirteachadh dheth gach beannachd a choisinn e dhuinn le 'bhàs, agus ar n-aonadh Crìosdail agus càirdeil, mar bhuill deth 'chorp, ni is e 'n Eaglais.

53. C. Ciod an earrann dheth 'n Sgrìobtur o'm bheil sin r' fhaicinn?

F. O so a leanas "Cupan a' bheannachaidh a ta sinne a' beannachadh, nach e comunn fala Chrìosd e? An t-aran a ta sinn a' briseadh, nach e comunn cuirp Chrìosd e? Oir ged tha sinne 'n ar mòran, is aon aran sinn, agus aon chorp sinn, oir a ta againn uile compàirt do'n aon aran." (Cor. x. 16, 17.)

54. C. O na tha cho iomadh reusan làidir air son compàirteachadh de Shuipeir an Tighearna, nach 'eil iad so uile anabarrach ciotach a tha gu toileil a' dèanamh dearmaid air an òrdugh so?

F. Tha: tha 'n t-òrdugh so cho sònraichte air àithn-

eadh le Crìosd ; agus na chomharradh cho ro fhreagarrach air ar dlù-leanmhuinn ris-san ; agus tha e cho ro iomchuidh air son ar leas spioradail a chur air aghaidh, air chor 's nach 'eil aon nì a ghabhas an leithsgeul-san a dh'fuireas air an ais o Bhòrd an Tighearna ach na grabaidhean is cudthromaiche.

55. C. Am bheil còir aig na h-uile neach, ge b'è air bith is caithe-beatha agus giùlan doibh compàrteachadh dheth 'n ordugh so?

F. Cha 'n 'eil : tha e iomchuidh dhuinne ullachadh àraidh a dhèanamh, a chum compàrteachadh dheth gu cubhaidh agus le buannachd.

56. C. Ciod e dleasannas na muinntreach sin aig am bheil féin mhothachadh nach 'eil iad mar so air an ullachadh ?

F. Is e an dleasannas gu'n an t'-òrdugh a sheachnadh, ach dìcheall a dhèanamh, gu'n mhaile agus gu dùrachdach, air iad féin fhaotainn air an ullachadh gu h-ìomchuidh, agus an sin comanachadh aig a cheud chothrom.

57. C. Ciod e an Comanachadh neo-ìomchuidh sin air am bheil an t-Abstol Pòl a' labhairt anns an aon chaibidil deug dheth 'cheud litir chum nan Corintianach ?

F. Tha bhi compàrteachadh de Shuipeir an Tighearna mar gu 'm bu lòn coitcheann i, agus a bhi 'g itheadh agus ag òl aice gu h-ana-measarrachd.

58. C. Ciod a thàinig air na Corintianaich air son iad féin a ghiùlan air an dòigh so ?

F. Tha e air innseadh dhuinne, gu'n d' thàinig breitheanasan follaiseach orra: "air an aobhar sin," tha'n t-Abstol ag ràdh, "*tha* moran 'n ur measg lag agus tinn agus tha mòran 'n an cadal." 'S e sin, marbh.

59. C. Am bheil sinne buailteach do 'n aon chiont air son an robh na Corintianaich cho trom air am peanasachadh ?

F. Cha 'n 'eil : tha 'n dòigh anns am bheil an t-òrdugh air a riaghladh 'n ar measg-ne 'g a fhàgail eu-comasach dhuinn itheadh agus òl dheth gu neo-ìomchuidh, anns an t-seadb, a th' air a ràdh, anns an d' rinn iadsan so.

60. C. C'uin' a dh'fhaodar a ràdh ruinn "gu'n ith agus gu'n òl sinn gu neo-ìomchuidh" agus a bhi "ciontach de chorp agus de dh'fhuil an Tighearna ?

F. 'Nuair a théid sinn gu Bòrd an Tighearna le rùin-

tean neo-iomchuidh; 'nuair nach 'eil sinn a' sealbhachadh an ullachaidh iomchuidh; 'nuair tha sinn a' frithealadh gun an deasachadh freagarrach; 'nuair tha sinn a' feath-amh an òrduigh le spiorad neo-dhurachdach, agus air mhodh neo-chùramach no neo-urramach; no 'nuair nach 'eil sinn beachdachadh gu ceart air a chrìch mu 'n deach' an t-Sàcramaid òrduchadh.

61. C. Nach 'eil a leithid sin de ghiùlan araon aingidh agus cronail?

F. Tha: tha e aingidh, do bhrìgh gur mì-naomhachadh e air an nì sin a rinn ar Slànnighear a choisrigeadh, agus, air an aobhar sin, tha e 'n a oibheum dhasan a tha mar fhiachan oirnn a thoileachadh; agus tha e cronail, do bhrìgh gu 'm bheil e cur grabaidh air an leasachadh spioradail sin a chuir air aghaidh air son an robh an t-òrdugh air a shuidheachadh, agus a tha feumail araon air son ar leas tìmeil agus spioradail.

62. C. Cìod e cheud cheum a ta gu bhì air a ghabhail leo-san a ta rùnachadh compàrteachadh de Shuipeir an Tighearna?

F. Féin-rannsachadh dùrachdach agus neo-chlaon, a dh'fhiosrachadh am bheil iad làn-ullaichte, no cìod iad na gràsan sònraichte a ta dh'uireasbhuidh orra. "Ceasnaicheadh duine e féin," tha Pòl ag ràdh, "Agus mar sin itheadh e do 'n aran so, agus òladh e do 'n chupan so." (1 Cor. xi. 28.)

63. C. Cìod iad na buadhan bu chòir dhoibh a shealbhachadh?

F. 'S iad sin iad a tha òrduichte 's an Sgrìobtur, no tha air an cur air chuimhne le nàdur agus crìochan an òrduigh; agus a dh'fhaodar a chuir sìos fo na cùig cinn so.—EÒLAS, CREDEAMH, AITHNEACHIAS, GRADH, agus NUADH-UMHLACHID.

64. C. Cìod e an t-eòlas a ta feumail?

F. Eòlas chum corp an Tighearna aithneachadh.

65. C. Cìod a tha 'n t-Abstol gu mionaideach a' ciallachadh "le corp an Tighearna aithneachadh?"

F. Tha e ciallachadh, eadar-dhealachadh a chuir eadar Sàcramaid na Suipearach agus cuirmean coitcheann, an dà nì sorinn na Corintianaich gu ciontach a chomh-mheasgadh.

66. C. Nach faod “Corp an Tighearna a bhi air aithneachadh” ann an seadh is farsuinne ?

F. Faodaidh : faodaidh e bhi ciallachadh a bhi min-eòlach air nàdur sònraichte agus iomadh feum an t-suidh-eachaidh, a’ tuigsinn, mar gu ’m b’ eadh, gu ’m bheil an t-aran agus am fion ’a foillseachadh Chrìosd mar ar n-ìobairt ; agus gu ’m bheil ar n-itheadh agus ar n-òl a’ foillseachadh ar gabhail ri Chrìosd, le ar n-uile chridhe, anns an t-seadh sin ; agus gu ’m bheil an t-òrdugh so ’n a mheadhon air a shònrachadh leis an t-Slànuighear, chum obair na naomhachd a chuir air a h-aghaidh ann ar n-anmaibh.

67. C. An leir eòlas a bhi againn, cia air bith a mhead, air an òrdugh so amhàin ?

F. Cha ’n eadh : feumaidh ar n-eòlas a bhi ann an tomhas mòr ni ’s farsuinne ; feumaidh sinn a bhi fògh-luimte anns gach iomadh teagasg a tha sinn gu chreidsinn, agus gach dleasannas a tha sinn gu choimhlionadh, chum agus gu ’m buannaich sinn a’ bheatha shìorruidh.

68. C. Cò uaith a tha ’n t-eòlas so gu bhi air a tharruinn ?

F. O na Sgriobtuirean naomha, bu chòir a bhi air an leughadh gu tric agus gu cùramach : o shearmonachadh an fhacail, agus o mheadhonan suidhichte eile air son teagaisg, o chonaltradh diadhaidh, agus o na leabhraichean cràbhach sin a nì comhnadh leinn chum a’ Bhiobail a thuigsinn.

69. C. Nach bu chòir dhut an còmhnuidh bhi toirt fainear gu ’m bitheadh eòlas agad maille ri tuigse ?

F. Bu chòir : ged b’ eol dhomh gach firinn, agus teagasg, a tha air an cuir sìos anns a’ Bhiobal, fòs, cha ’n ’eil iad so feumail ach cho fad’ is a tha mi tuigsinn am brìgh agus an dòigh air an cleachdadh. Agus, air an aobhar sin, dh’ aslaich Pòl agus Timoteus gu ’m bith-eadh na Colosianaich “air an lìonadh le eòlas toile Chrìosd, san uile ghliocas agus thuigse spioradail.” (Col. i. 9.)

70. C. An leir eòlas, ma seadh, maille ri tuigse ?

F. Cha ’n eadh : cha leir e eadhon air an dòigh so, mar ’eil e air a chuir an cleachdadh ’n ar caithe-beatha

lathaila 's'n ar conaltradh; oir anns an earrainn a dh'ainm-icheadh cheana, o litir Phòil chum nan Colosianach, tha e air ainmeachadh, mar mheadhon mòr feumail an eòlais “ Chum gu 'n gluaiseadh sibh gu cubhaidh do 'n Tighearn chum gach uile thoileachadh, a' toirt toraidh uaibh san uile dheagh obair.” (Col. i. 10.) Ann an àit eile, tha Pòl ag ràdh, “Ged thuiginn na h-uile rùnadiomhair, agus gach uile eòlas; agus mi gun ghràdh agam,” (an gràdh sin ni is e coimhlionadh an lagha,) “ cha 'n 'eil annam ach neo-ni,” (1 Cor. viii. 2.) Agus thubhairt ar Slànuighear, “ma 's aithne dhuibh na nithe so, 's beannuichte sibh ma nì sibh iad :” (Eoin xiii. 17.) air an dòigh so a' feuchainn nach 'eil ar sonas an earbsa cho mòr ri ar n-eòlas a's a tha e ri ar cleachdadh.

71. C. C'arson a tha eòlas iomchuidh mar ullachadh chum comanachaidh ?

F. Air-son, ma dh' fhan mi aineolach, le taisbeanadh Dhé ann mo làmhan, chuir mi an gnìomh peacadh mòr 'n a aghaidh, air an dòigh so “a' gràdhachadh dorchadais a roghainn air solus,” (Eoin iii. 19.)—agus mar robh e'n am chomas eòlas iomchuidh a chnuasach, fòs, bhiodh e mì-reusanta agus cunnartach a bhi gnàthachadh an ni shò-laimte so gun deagh rùn, ni a chumadh m' aineolas air an t-Soisgeul mi o shealbhachadh

72. C. “Ciod e creideamh ann an Iosa Crìosd?

F. Creideamh ann an Iosa Crìosd, is gràs slàinteil e, leis am bheil sinn a' gabhail ris, agus 'g ar socrachadh féin air-san 'n a aonar air-son slàinte, mar a ta e air a thairgse dhuinn anns an t-soisgeul.”*

73. C. Ciod e 'n reusan a ta agad a bhi creidsinn ann an teachd-aireachd agus ann an teagasg Chrìosd ?

F. *Anns a cheud àite.*—Tha mi creidsinn ann an Crìosd, do bhrìgh ann-san gu 'n robh caochladh fhàidh-eadaireachdan air an coimhlionadh, a bha air an aithris iomadh linn mu 'n d' thàinig e : agus leis-san gu 'u robh iomadh mìorbhuil no obraichean iongantach air an cuir an gnìomh “ nach b' urrainn duine air bith a dhèanamh

* O Leabhar Aithghearr nan Ceist.

mur biodh Dia maille ris." (Eoin iii. 2.) Tha fios againn air so o dhearbhadh nam fianuisean is ro chumhachdaiche a bha riamh air an gnàthachadh a dhaingneachadh firinn gnìomh' air bith eile—dearbhadh àireamh mhòr fhianuisean, a bha fo dheagh chliù ; nach do nochd aon chomharradh neo-aontachail; a bha comasach air breith a thoirt air na chunnaic agus na chual' iad ; aig an robh an dearbhaidhean a' co-chòrdadh, ged thugadh iad aig caochladh amanaibh, ann an caochladh chànnannan, agus ann an caochladh dhòighean : muinntir a thug teistean, aig a cheart uair, an aghaidh na claon-bhàigh bu treise agus an leas saoghalta féin ; gidheadh, a thug fianuis gu dàna agus gu cothromach ; a dhaingnich an teistean le beatha làn cunnairt agus fulangais ; agus muinntir (iomadh dhiubh fa dheoidh) a sheulaich e le 'm fuil, am buillsgean cràidh agus bàis.

Ann an dara h-àite.—Tha mi creidsinn ann an Soisgeul Chrìosd, do bhrìgh gu 'm bheil e fiùghail le Dia a chraobh-sgaoileadh, agus air gach cor freagarrach do staid an duine ; do bhrìgh gu 'm bheil e gabhail a steach nam firinnean is luachmhoire agus na riaghailtean is cothromaiche agus is beusaiche a bha riamh air an teagasg, agus, do bhrìgh, leis an uile òirdheirceas so, gu'n robh e air fhoillseachadh cha 'n ann amhàin aig àm 'nuair bha 'n saoghal mu 'n cuairt ann am mearachd graineil do thaobh ceud stéidh creideimh agus beusan, ach mar an ceudna le daoine nach d'fhuair fòghlum, agus a bha gu tur neo-ullaichte dhiubh féin air son teagaisg a' chinne-dhaoine.

Ann an treas àite.—Tha mi creidsinn ann an Soisgeul Chrìosd, do bhrìgh, ged chaidh cuir 'na aghaidh anns gach àite le sagartan agus luchd-riaghlaidh féin-spéiseil, le lùdhaich eud-chreidmheach agus pràbar ìodhol-aorach ; ged sheas e 'n aghaidh uile neart nam beachdan cràbhach, agus ged dhìt e na cleachdaidhean bu ro-ionmhuinne bha 'nuair sin a' buadhachadh ; ged nach robh e air a shearmonachadh ach leo-san o inbh' iosail, gun neart, gun fhòghlum, gun smachd ; ged bha na meadhonan bu chumhachdaiche a dh' fhaoidte smuaineachadh air an

gnàthachadh chum a chur air chùl agus a mhilleadh, gidheadh, a dh' aindeoingach ana-cothrom dhiubh so, dh' fàs e cho buadhach agus cho bras, air chor is ann an ùine dheich bliadhna fichead an dèigh bàis Chrìosd gun robh e air sgaoileadh thar a chuid bu mhò de 'n t-saoghal aith-nichte ; ni a bha 'n a bhuaidh cho iongantach 's nach comasach dhuinn, gu reusanta, a chuir as leth aon ni eile ach cumhachd Dhé a' comh-oibreachadh le saothair nan Abstol.

Ann a cheathramh dìte, agus anns an àite ma dheir-cadh.—Tha mi creidsinn ann an Crìosd, do bhrìgh gu 'n do liuthair e iomadh fàistneachd a bha 'n déigh làimh gu pungail air an coimhlionadh ;—aon, gu sònraichte, mu léir-sgrìos Ierusalem, ni a bha gu ro àraidh air a roimh-innseadh, agus a choimhlionadh cho mionaideach, air chor a's gu'm bu chòir dhuinn briathran ar Slànuighir mu 'n chuis so a mheas mar eachdraidh ni 's mo na mar fhàistneachd, mar biodh dearbhadh cinnteach againn air a chaochladh.

74. C. Mu 'n urrainn thu, gu h-ìomchuidh, gabhail ri Crìosd no creidsinn ann, nach feum thu bhì mothachail air t-fheum air Slànuigh-ear ?

F. Feumaidh : feumaidh mi bhì mothachail gu 'm bheil mi ciontach an làthair Dhé ; nach urrainn mi dh'iom féin 'a mhathanas agus fhabhar a chosnadh, agus gu 'm bheil mi gu sìorruidh cailte, mur dèan Fear-saoraidh gràsmhor agus cumhachdach eiginn eadraiginn as mo leth.

75. C. Nach feum thu a làn-chreidsinn gur e Crìosd am Fear-saoraidh sinn a tha dh'ìth ort ?

F. Feumaidh : feumaidh mi mhothachadh gu 'm bheil e toileach air mo thèarnadh ; agus gu 'm bheil e cho comasach a's a tha e cho toileach ; gu 'n robh e air a chuir o Dhia air-son a cheart ghnòthuich so ; agus gu 'n deachaidh gabhail ri eadar-ghuidhe agus ìobairt-réite mar nithe iomlan agus taitneach.

76. C. Nach 'eil e feumail gu 'n gabh thu ri Crìosd 'n a uile dhreuchdan agus dhòighean, chum creidsinn ann mar is còir ?

F. Tha : Tha e uile-fheumail gu 'n gabh mi ri Iosa

Crìosd mar a ta e air a thairgseadh anns an t-soisgeul, agus cha 'n ann a réir mo bheachdan agus mo rùintean dìomhain féin. Feumaidh mi gabhail ris mar m' Fhàidh, mar mo Shagart, agus mar mo Rìgh, nithe is iad na trì dreuchdan mòra a tha e cur an gnìomh mar ar Fear-saoraidh.

77. C. Cia mar a ta thu gabhail ri Crìosd mar t-Fhàidh ?

F. Tha mi aineolach ; agus tha mi gabhail ris-san gu m' theagasg le 'fhacal agus le 'spiorad ann an nithibh spioradail.

78. C. Cia mar a ta thu gabhail ris mar do Shagart ?

F. Tha mi ciontach ; agus tha mi ag earbs' as-san mar aon a thug dìoladh as leth mo chionta, agus a tha dèanamh eadar-ghuidhe air mo shon aig deas-làimh Dhé.

79. C. Cia mar a ta thu gabhail ris mar do Rìgh ?

F. Tha mi a thaobh nàduir lag agus rag-mhuinealach ; agus tha mi 'g a iarraidh-san a chum mo dhìon le chumhachd, agus mo riaghladh le reachdan.

80. C. Ciod e creideamh, air a mheas mar ar meadhon firinneachaidh, an làthair Dhé ?

F. Is e, gu simplidh, am prìomh-dhòchas cridhe sin leis am bheil sinn a' gabhail agus ag earbs' ann am fireantachd Chrìosd. Air sgàth na fireantachd so amhàin tha Dia 'g ar saoradh ; is e sin, tha e a' mathadh ar peacanna agus a' gabhail ruinn ; chum so tha e, gu gràsail, toileach air an fhìreantachd so a mheas duinne, mar ni dlìgheach a chosnadh dhuinn. Agus is e creideamh, mar gu 'm b' eadh, an làmh, no 'm meadhon, leis am bheil sinn a' gabhail agus a' cumail an tiodhlaic ro luachmhor so.

81. C. Nach 'eil fìor Chreideamh a ghnàth 'n a stéidh bhe agus ghnìomhaich ?

F. Tha : Ge b' e air bith àit, anns am bheil fìor chreideamh, cha 'n fhairtlich air “an cridhe a ghlanadh,” (Gnìomh. xv. 9.) “a dh' oibricheas tre ghràdh,” (Gal. v. 6.) agus, “bheir e buaidh air an t-saoghal.” (I Eoin. v. 4.) A bhi smuaineach, uime sin, gu 'm bheil creideamh slàinteil againn, 'nuair nach 'eil sinn “cùramach mu dheagh oibre.” (Tit. iii. 14.) is mearachd mòr agus bàsmhor e.

82. C. C' arson a ta creideamh feumail chum compàirteachadh, gu h-ìomchuidh, de Shuipeir an Tighearna ?

F. Do bhrìgh, mar creid mi ann an Crìosd mar theachd-
aire firinneach o Dhia, cha 'n urrainn mi, gu cubhaidh,
na tha air òrduchadh a dhèanamh, gu chumail ann an
cuimhne dhleasnnach : oir b' e so a bhi cumail cuimhne
air mealltair :—mur 'eil dòchas agam ann an toillteanas
a bhàis, cha 'n urrainn mi compàirteachadh gu cubhaidh
do dh' eileamaidean na Sàcramaide ; oir tha iad so a'
taisbeanadh na h-ìobairt' iomlan a thug e suas air son
peacaidh 'nuair bhàsaich e air a chrann ;—mur cuir mi
earbs' ann mar Shlànuighear uile dhiongmhalta, cha 'n
urrainn mi gu reusanta fiughair a bhi agam ri aon bheann-
achd fhaotainn o làimh, 'nuair tha mi dlùthachadh ris
anns an òrdugh, agus, uime sin, bhiodh mo dhlùthachadh
gu 'n tairbhe.

83. C. Ciod i a' bheachd cheart agus shìmplidh mu aithreachas ?

F. Is i sin tionndadh o pheacadh dh' ionnsuidh Dhé.

84. C. Ciod e cheud cheum chum aithreachais ?

F. Is e cheud cheum chum aithreachais a bhi gabhail
beachd cheart air a pheacadh.

85. C. Ciod e a bheachd bu chòir a bhi agad air a pheacadh ?

F. Bu chòir dhomh a mheas mar an nì graineil sin is
fuathach leis an Tighearna, mar an nì sin a tha calg-
dhìreach an aghaidh a thoile, agus a ta cronail d' a iom-
lanachd, mar an nì sin a thug a steach gach truaighe tha
buadhachadh anns an t-saoghal, mar nì a ta toirt eas-onoir
agus taire do nàdur an duine, agus mar nì a ta chum
sgrios obann a thoirt air an anam.

86. C. Nach feum thu bhi mothachail air a pheacadh mar nì-eiginn
a ta dlù-leantuinn riut ?

F. Feumaidh : feumaidh mi a thoirt fainear mar nì-
eiginn leis am bheil mo chridhe agus mo ghiùlan air an
trom-thruaillleadh ; mar an nì sin a chuir mi an gnìomh,
uairean gun àireamh, ann an smuain, ann am facal, agus
ann an gnìomh, nì ann mo staid-sa a bha ro an-tromach.

87. C. Ciod e am fìor-fheum a th'anns na beachdan so air a pheac-
adh ?

F. O na beachdan so air peacadh, tha mi air mo

bhrosnuchadh, gu nadurrach, gu fhuathachadh, mar ni a ta 'n a ghnè ro-uamharra; tha mi air mo ghluasad gu caoidh as a leth le mulad agus bròn diadhaidh; tha mi air mo threòrachadh gu 'shlighean a threigsinn, agus tionndadh gu m' dhleasannas agus ri m' Dhia, le rùn làidir agus oidheirp dhùrachdach gu bhi an déigh so "naomha am uile chaithe-beatha." (1 Pead. i. 15.)

88. C. An urrainn thu tionndadh ri Dia gun aobhar dhòchais a bhi agad gu 'n irioslaich se e féin gu gràs-mhor chum gabhail riut?

F. Cha 'n urrainn: mar biodh ceann-fath agam an dòchas sin altrum, bu dana leam tighinn dlù do Dhia an déigh dhomh corruich cho mòr a chuir air, ach bhuannaichinn aon chuid ann am peacadh no thuitinn ann an eu-dòchas.

89. C. Am bheil reusan agad air an dòchas sin altrum?

F. Tha: reusan mòr agus làn-fhreagarrach.

90. C. Ciod e 'n reusan sin?

F. Chuir Dia mach a Mhac féin mar ìobairt-réite airson peacaidh; agus ann an tabhairt fainear na h-ìobairt a thug Crìosd suas, agus na cuimhneachanan sin leis am bheil sinn a' cur onoir air aig a Bhòrd, dhearbhadh e a dheoin air gabhail ri peacaich, a dhèanadh fìor aithreachas, gu thròcair agus fhabhar a mhealtuinn. Leis an dearbhachd so tha mi air mo cho-éigneachadh "gu mo dhroch shlighean a threigsinn, agus pilleadh ris an Tighearn, agus nochdaidh e tròcair dhomh, agus bheir a mathanas gu pailt." (Isa. lv. 7.)

91. C. Cia mar thaisbeanas t-aithreachas e féin a bhi dùrachdach agus fìor-ghlan.

F. Le e thaisbeanadh beatha agus giùlain comh-fhreagarrach ri toil Dé, mar tha i air a foillseachadh anns an t-soisgeul.

92. C. Am bheil thu 'g amharc air aithreachas mar ghnè eirig air son nam peacannan a tha thu treigsinn?

F. Cha 'n 'eil: cha 'n urrainn e bhi mar sin ann an làthair Dhé. Cha 'n 'eil aon ìobairt-réite eile ann airson peacaidh ach ìobairt-réite Chrìosd. Cha 'n 'eil ann an aithreachas ach atharrachadh bheusan, ni a tha Dia naomha 'g iarraidh oirnn, agus ni le co-oibreachadh a

ghràis, a ta 'n ar comas a dhèanamh, chum gu 'm bì sinn iomchuidh air ar gabhail a steach do nèamh, agus nì a ta ann féin airidh air gabhail ris le Dia, tre thoillteanas an Fhir-shaoraidh amháin.

93. C. C'arson a tha aithreachas feumail air son compàirteachadh, gu h-ìomchuidh, de Shuipeir an Tighearna?

F. Do bhrìgh gu 'm bheil an t-Sàcramaid so n 'a cuimhneachan air "fulangas Chrìosd air son peacaidh," agus a bhì 'g onarach a' chuimhneachain so gun fhuath-ghrain do 'n pheacadh, agus gun làn rùn a threigsinn agus a sheachnadh, is dearbhadh soilleir e air a bhì toirt maslaidh do dh' fhuilangas Chrìosd, agus a' brosnachadh corruich Dhé nan òrduighean, e-san a "tha do shùilean nì 's glaine na gu 'n seall e air olc." (Hab. i. 13.)

94. C. Cò air an còir ar gràdh a bhuileachadh?

F. Air Dia, air Iosa, agus air ar bràithrean de 'n chinne-daoinne.

95. C. C' arson a ghràdhaicheamaid Dia?

F. Do bhrìgh gu 'm bheil aige-san gach iomlanachd ionghràdhach, agus "do bhrìgh gu 'n do ghràdhaich e-san sinne air tùs." (1 Eoin iv. 19.)

96. C. C'arson a ghràdhaicheamaid Crìosd?

F. Do bhrìgh gur e-san "dealradh glòir an Athar," (Eabh. i. 3.) agus do bhrìgh gu 'n tug se e féin air ar son-ne gu bàs mallaichte a chroinn.

97. C. Nach bu chòir dhut do Dhia agus do Shlànuighear a ghràdhachadh os ceann nan uile?

F. Bu chòir: "le m' uile chridhe, agus le m' uile anam, agus le m' uile neart." (Deut. vi. 5.)

98. C. Cìod e an dearbhadh a 's feàrr air do ghràdh do Dhia?

F. Is e, "àitheantan a choimhead," dearbhadh is dìongmhalta agus is taitniche 's urrainn mi thabhairt.

99. C. C'arson a bhiodh an gràdh so agad do Dhia agus do dh' Iosa, chum gu 'm biodh tu airidh air compàirteachadh de Shuipeir an Tighearna?

F. Do bhrìgh gu 'm bheil a bhì as easbhuidh a' taisbeanadh m' aineolais air buadhan na Diadhachd, agus nach fìor-mhothachadh a th' agam air luachmhoireachd ìobairt m' Fhir-saoraidh, agus nach 'eil mi ullaichte air son "companas a chumail ris an Athair agus ris a Mhac,

Iosa Crìosd," (1 Eoin i. 3.) aig am bheil a ghràdh do dhaoine air a chumail suas anns an òrdugh so.

100. C. C'arson a ghràdhaicheamaid air bràithrean de 'n chinne-daoine ?

F. Do bhrìgh gur iad cloinn an aon Athar nèamhaidh, agus buill dhe 'n-aoin chompàirteachaidh gràis, agus do bhrìgh gu 'm bheil e air àithneadh dhuinn gu soilleir leis an t-Slànuighear so a dhèanamh.

101. C. An còir dhut an aon ghràdh a thoirt do gach neach do 'n chinne-daoine ?

F. Cha chòir: feumaidh dealas sònraichte a bhi agam dhoibh-san a tha do "Theaghlach a' chreideimh,"—air an son-san aig am bheil iomhaigh Dhé air ath-nuadhachadh 'n an cridheachan, a tha creidsinn ann an Crìosd agus a tha ùmhal d' a shoisgeul.

102. C. Ach nach feum thu a chuid eile do 'n chinne-daoine ghràdhachadh le gaol neo-chealgach ?

F. Feumaidh: cia b' e air bith ainm, no cinneadh, no cliù, no staid dhoibh; feumaidh mi gach rùn càirdeis agus fialaidheachd fhaireachadh do 'n taobh; feumaidh mi cumail air ais o olc air bith a dhèanamh orra; agus fuasgladh air an uireasbhuidh, 'nuair a dh' fhaodas mi; agus gach math a ta a' m' chomas a dhèanamh dhoibh.

103. C. Nach 'eil cudthrom sònraichte air a leagail anns an Sgrìobtur air an earrann sin do'n goirear gràdh na seirce, no, gu coitcheann, mathanas lochdan ?

F. Tha: thubhairt ar Slànuighear, "Oir ma mhaitheas sibh an cionta do dhaoineibh, maithidh bhur n-Athair nèamhaidh dhuibh-sa mar an ceudna: Ach mur maith sibh an cionta do dhaoineibh, cha mhò a mhaitheas bhur n-Athair dhuibh-sa bhur cionta." (Mata vi. 14, 15.)

104. C. Ciod a tha thu gu h-àraidh a' co-dhùnadh uaithe so ?

F. Tha mi a' co-dhùnadh, gu 'm bheil e gu sònraichte mì-fhreagarrach dol a dh' ionnsuidh Bòrd an Tighearna le spiorad dìoghaltais; "Uime sin ma bheir mi mo thabhartas chum na h-altrach, agus gu 'n cuimhnich mi an sin gu bheil ni air bith aig mo bhràthair am aghaidh," (is e sin, an aghaidh neach air bith,) "bu chòir dhomh mo thabhartas fhàgail an làthair na h-altrach, agus

falbh, agus réite a dhéanamh air tús ri m' bhràthair agus an déigh sin tighinn agus mo thiodhlac a thairgseadh. (Mata v. 23, 24.)

105. C. Nach feum do ghràdh do dhaoine bhì gu h-àraidh air a nochdadh ann a bhì 'g oidheirpeachadh an leas spioradail agus sìorruidh a mheudachadh ?

F. Feumaidh gu cinnteach: tha 'n anman, thar tomhas, gu ro-mhòr ni 's luachmhoire na 'n cuirp, agus an leas sìorruidh ni 's mò na 'n leas tìmeil: ma ghràdhaicheas mi, air an aobhar sin, idir iad, feumaidh mi bhì fo mhòr chùram cho fada 's a théid mo theagasg, m' eiseimpleir, agus m' ùrnuighean, oidheirp a thoirt air an dèanamh "glic chum slàinte."

106. C. C'arson a dh'fheumas tu do bhràithrean do 'n chinne-daoine a ghràdhachadh, chum compàirteachadh, gu h-ìomchuidh, de Shuipeir an Tighearna ?

F. Do bhrìgh gu 'm bheil an t-òrdugh so air son deisciobul Chrìosd amhàin, agus rinn e gràdh bràthaireil 'n a fhìor dhearbhadh air ar dlù-leanmhuinn air-san: "le so," tha e 'g ràdh, "aithnichidh na h-uile dhaoine gur sibh mo dheisciobuil-sa, ma bhios gràdh agaibh féin d' a chéile." (Eoin xiii. 35.) Agus, os-bàrr, tha e 'n a mhòr amaid-eachd, maille ri bhì 'n a mhearachd ro-dhàna, bhì 'g aid-eachadh cuimhneachanain a ghràidh dhuinne onarachadh, aig an dearbh àm a tha ar cridheachan a' lasadh le gamhlas, no fuar le neo-thoirt, do 'n taobh-san "air-son an do bhàsaich Crìosd."

107. C. Cìod a tha thu ciallachadh le Nuadh-Umhlachd ?

F. Tha mi ciallachadh a leithid do ghiùlan cràbhach agus naomha, a leithid a sheachnadh air a pheacadh, a leithid a leanmhuinn air an ni a ta math agus cliù-thoillteanach, mar tha e air a chur sìos ann am facal Dé, mar a ta creidheamh, aithreachas, agus gràdh, nithe a tha gu nàdurach, agus gu cothromach air an nochdadh 'n an caithe-beatha-san anns am bheil na gràsan so da rìreadh agus gu h-éifeachdach air an oibreachadh.

108. C. C' arson a ghoirear NUADH-Umhlachd dhe 'n ùmhlachd so ?

F. Do bhrìgh gur i so an ùmhlachd do 'n urrainn am

fior chrìosduidh geilleadh, a thoradh e bhi air ath-ghineamhuinn, no e dh'fàs, mar tha e air ainmeachadh 's an Sgrìobtur " Na chreutair nuadh." (2 Cor. v. 17.)

109. C. Am bheil ath-ghineamhuinn 'n a theagasg Sgrìobturail?

F. Tha: thubhairt ar Slànuighear ri Nicodemus, " Mur beirear duine a rìs, nach feud e rìoghachd Dhé fhaicinn;" (Eoin iii. 3.) agus tha Pòl ag ràdh, " cha 'n ann o oibribh fireantachd a rinn sinne, ach a réir a thròcair féin shaor e sinn, tre ionnlad na h-ath-ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid naoimh." (Tit. iii. 5.)

110. C. Cìod i staid nàdurach an duine roimh 'n atharrachadh so?

F. Tha e claonadh o mhath agus buailteach do 'n olc: " tha a chridhe cealgach thar na h-uile *nithe* agus *tha e do-leigheas*;" (Ier. xvii. 9.) " Oir a ta fhios agam, annam-sa, (sin ri ràdh, ann am fheoil,) nach 'eil maith sam bith a' gabhail còmhnuidh;" (Rom. vii. 18.) " tha e marbh ann an eu-ceartaibh agus ann am peacaibh." (Eph. ii. 1.) &c.

111. C. Cìod e an t-atharrachadh coitcheann a tha tighinn air an duine 'nuair tha e air a thionndadh o 'n staid thruaillidh so?

F. Tha cunntas air an atharrachadh so air a chur sìos le Pòl anns na briathran so chum nan Ephesianach, " gu 'n cuir sibh dhìbh, thaobh a' cheud chaithe-beatha, an seann duine, a tha truaillidh a réir nan ana-miann cealgach; agus gu 'm bì sibh air bhur n-ath-nuadhachadh ann an spiorad bhur n-inntinn; agus gu 'n cuir sibh umaibh an nuadh-dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé am fireantachd agus am fìor-naombachd." (Eph. iv. 22, 23, 24.)

112. C. Cò leis a tha 'n t-atharrachadh so air oibreachadh?

F. Tha e air oibreachadh le Spiorad Naomh Dhé.

113. C. Am bheil dòigh oibreachaidh an Spioraid aithnichte dhuinne?

F. Cha 'n 'eil: ach cha reusan sin air son bhi a' cur na firinn an teagamh, a ta gu soilleir air a cuir an céill anns na Sgrìobtuirean, agus a tha aithnichte o na gnìomharan a ta ri fhaicinn; mar a thubhairt ar Slànuighear ri Nicodemus, " Tha a' ghaoth a' séideadh far an àill leatha,"

(no an toil leatha,) “ agus tha thu a’ cluinntinn a fuaim, ach cha ’n ’eil fhios agad cia as a ta i teachd, no c’ait a tha i dol: is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o ’n Spiorad.” (Eoin iii. 8.)

114. C. Am bheil uile ghràsan na beatha Diadhaidh air an cuir as leth oibreachaidh an Spioraid Naoimh ?

F. Tha: tha araon an dòigh air am bheil iad air an oibreachadh agus air an dèanamh ni ’s feàrr air an cuir as leth an Spioraid; agus uaithe so tha sinn a’ leughadh, cha ’n e mhàin mu “ ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh,” ach mar an ceudna mu “ naomhachadh an Spioraid.” (2 Tes. ii. 13.)

115. C. Ciod e giùlan na muinntreach sin a dh’ fhéin-fhiosraich an t-atharrachadh so, agus, mu ’m bheil e air a ràdh, a tha geilleadh do ’n Nuadh Umhlachd ?

F. Tha iad “ marbh do ’n pheacadh, ach beò do Dhia tre Iosa Crìosd ar Tighearna.” (Rom. vi. 11.) “ Cha toir ni ’s faide am buill ’nan armaibh eu-ceirt do ’n pheacadh:” ach fo chumhachd creideimh, aithreachais, agus graidh “ Tha iad a’ toirt am buill ’nan armaibh fireantachd do Dhia.” (Rom. vi. 13.) “ Tha iad a’ saothreachadh a ghnàth coguis neo-lochdach a bhi aca thaobh Dhé, agus a thaobh dhaoine.” (Gnìomh. xxiv. 16.) “ Tha iad ionraic am fianuis Dé, ag imeachd ann an uile àith-eantaibh agus òrduighibh an Tighearna, gu neo-lochdach.” (Luc. i. 6.) Tha iad “ ag àicheadh mì-dhiadhachd agus ana-mianna saoghalta, agus a’ caitheadh am beatha gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh anns an t-saoghal so làthair.” (Tit. ii. 12.) &c.

116. C. Nach feum t-ùmhlachd do Dhia a bhi ’n a h-ùmhlachd crìdhe cho math a’s ’n a h-ùmhlachd gnìomha ?

F. Feumaidh gun amharus: a réir briathran cofhregarrach an Sgriobtuir, is e an crìdhe a tha Dia gu h-àraidh ag iarraidh, agus, ma tha so air a chumail uaith, tha na h-uile ni eile diamhain agus neo-fhiùghail ’n a làthair.

117. C. Nach còir do t-ùmhlachd a bhi ’g éirigh o stéidh cheart agus o dheagh thograidhean ?

F. ’S còir: ma tha mo stéidh agus mo thograidhean talmhaidh neo-ghlan, no air an dìteadh leis an Sgriobtur,

tha e soilleir nach urrainn na gnìomharan a ta sruthadh uatha bhi taitneach le Dia. Cha 'n fhaod m' ùmhlachd a bhi tighinn o rùn "mi bhi air m' fhaicinn le daoine," no, "o bhi factainn buannachd o Dhiadhachd," ach o fhìor spéis do dh' ùghdarras agus do ghlàir Dhé, o fhìor ghràdh do m' Thighearn agus do m' Shlànuighear, o bheachd chudthromach air solasan agus peanasan na staidhe sìorruidh, agus o bheachdan eile co-ionnan an gnè.

118. C. Nach feum t-ùmhlachd a bhi iomlan ?

F. Feumaidh: do bhrìgh gur e lagh Dhé an aon riaghailt leis an còir dhomh mo smuaintean agus mo ghiùlan a stiùireadh, lagh nach 'eil a' fulang gnàthachaidh mì-stuama, no dearmaid dleasannais, feumaidh mi bhi air m' fhaicill, "chum mi féin a ghlanadh o gach uile shalachar feòla agus Spioraid," (2 Cor. vii. 1.) agus mi féin a dhèanamh "coimhlionta anns gach uile dheagh obair, a dhèanamh toil Dé." (Eabh. xiii. 21.)

119. C. Nach feum t-ùmhlachd a bhi seasmhach agus a' fàs ?

F. Feumaidh: 's còir dhomh a bhi "sìor-mheudachadh ann an obair an Tighearna;" (1 Cor. xv. 58.) agus mo cheum a bhi mar an solus dealrach a dhealraicheas nì 's mò agus nì 's mò gu ruig an là iomlan." (Gnàth-fhoc. iv. 18.)

120. C. A chum compàirteachadh, gu h-ìomchuidh, de Shuipèir an Tighearna, am bheil a feumail t-ùmhlachd a bhi 's an staid iomlan sin a rinn thu nis ainmeachadh ?

F. Cha 'n 'eil: bu chòir dhomh, gu dearbh, bhi faicilleach gu Dia a fhreagairt cho iomlan 's a tha lagh ag iarraidh; ach o 'n tha Suipèir an Tighearn i féin 'n a h-òrduchadh agus 'n a meadhon ro-chudthromach chum còmhnadh leam chum geilleadh do 'n ùmhlachd, feumaidh mi compàirteachadh dh' i le dòchas gu'm buannaich mi 'n dearbh chrìoch sin. Oir is còir i a bhuineas dhoibh-san a ta "lag" cho math is dhoibh-san a ta "làidir ann an creideamh"—dhoibh-san a ta 'nan "leanabanan," cho math is dhoibh-san a ta 'nan "daoine coimhlionta ann an Iosa Crìosd."

121. C. Cia fada, ma ta, tha Nuadh Umhlachd feumail anns a chùis so ?

F. Tha i feumail am fad so ; feumaidh mi bhì mothachail air gràin do 'n ni sin a ta peacach, agus air iarrtas dùrachdach gu thréigsinn ; feumaidh mi làn-dùrachd cridhe a mhothachadh air mo dhéigh air mi bhì air mo “ dhèanamh réidh ri Dia ann an Crìosd, agus a bhì air m' ath-ghneamhuinn annsan chum dheagh oibre,” agus feumaidh mi le firinn a rùnachadh, le dòchas iriosal ann an gràs Dé, gu 'm bhì mi 'n déigh sin dìleas agus freagarrach ann an cur m' uile dhleasannasan an gnìomh.

122. C. C'arson a tha na dòighean mothachaidh feumail chum comanachaidh gu h-ìomchuidh ?

F. Do bhrìgh gu 'm biodh a bhì d' an easbhuidh a' mì-chòrdadh ri m' aidmheil an a bhì compàirteachadh de dh' òrdugh na Suipearach, ni nach 'eil ambàin chum bàis Chrìosd a chumail air chuimhne, ach, mar an ceudna, gu m' earbs' a bhàs a thaisbeanadh, “ an Tì a thug e féin air ar son, chum gu 'n saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gu 'n glanadh e dha féin sluagh sònraichte, eudmhor mu dheagh oibrìbh.” (Tit. ii. 14.)

123. C. Am bheil ni air bith, bhàrr air an fhéin-cheasnachadh air an robh sinn a' beachdachadh, feumail air do shon mu'n compàirtich thu de Shuipeir an Tighearna ?

F. Tha: bu chòir dhomh bhì gu minig a' cur suas ùrnuigh dhùrachdach ri Dia.

124. C. C'arson a tha thu gu ùrnuigh a dhèanamh aig an àm àraid so ?

F. Bu chòir dhomh a bhì 'g ùrnuigh gu 'n còmhnadh Dia leam “ gu mi féin a cheasnachadh agus a dhearbhadh,” agus gu 'm faicinn fìor staid mo chridhe agus mo ghiùlain ; agus gu 'n soilleiricheadh e mo bheachdan air nithibh naomha ; agus gu 'm bairigeadh e orm na gràsan a ta dhìth orm, agus gu 'm meudaicheadh e na gràsan sin a fhuair mi cheana ; gu 'n daingnicheadh e mo chreideamh, gu 'n lasadh e mo ghràdh, gu 'n neartaicheadh e m' fhuath air peacadh, agus mo rùn gu bhì naomha ; agus gu h-àraidh gu 'n tugadh e dhomh an Spiorad Naomh, gu mo threòrachadh gu Bòrd an Tighearna, agus e bhì maille rium am feadh a tha mi frithealadh an Orduigh.

125. C. Ciod an t-ainm anns am bu chòir dhut na h-ùrnuighean so a chuir suas ?

F. Ann an ainm an Tighearn Iosa Crìosd, an Tì is e “ an t-aon Eadar-mheadhonair eadar Dia agus duine.” (1 Tim. ii. 5.)

126. C. Ciod a tha thu ciallachadh le bhi cur suas t-ùrnuighean ann an ainm Chrìosd ?

F. Tha mi a’ ciallachadh, cha ’n e mhàin bhi dèanamh luaidh air ainm, ach ag earbsadh, aig an àm cheudna, le m’ uile chridhe a toillteannas Chrìosd ’n a aonar, air son gabhail ri m’ ùrnuighean, agus na beannachdan a tha mi ’g iarraidh a mhealtuinn.

127. C. Ciod a mhisneach a ta agad air son nam beannachdan so iarraidh air Dia ?

F. Tha e air a ràdh, “ tha an Spiorad Naomh féin mar an ceudna a’ dèanamh còmhnaidh le ar n-anmhuinneachd,” (Rom. viii. 26.) air an dòigh so, is e Crìosd féin ar “ Fear-tagraidh maille ris an Athair.” (1 Eoin ii. 1.) Agus tha e gu soilleir a’ cur an céill, “ ge b’ e air bith nithe a dh’ iarras sibh an bhur n-ùrnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad,” (Mata xxi. 22.) (is e sin ri radh, fhad’ is a tha iad so chum ar math.)

128. C. Nach’ eil ùrnuigh ’n a ni bu chòir dhut a chleachdadh aig gach àm, cho math roimh agus rè ’n àma tha thu frithealadh Suipeir an Tighearna ?

F. Tha: o’n is i ùrnuigh co-chomunn an anma ri Dia, cha ’n urrainn mi gabhail orm féin, le aon choltas reusanta, fìor-mhothachadh a bhi agam air creideamh mur i ùrnuigh m’ obair làthail agus ghnàthaichte.

129. C. Ciod a tha ’n Sgriobtur ag ràdh mu ’n phuing so ?

F. “ Buanaichibh ann an ùrnuigh, a’ dèanamh faire innte le breith-buidheachais.” (Col. iv. 2.) “ Dèanaibh ùrnuigh gun sgar.” (1 Thes. v. 17.) “ Bu chòir do dhaoine ùrnuigh a dhèanamh a ghnàth, agus gun fhanachadh.” (Luc. xviii. 1.) Na biodh ro-chùram ni sam bith oirbh: ach anns gach uile ni le h-ùrnuigh agus aslachadh, maille ri breith-buidheachais, biodh bhur n-iarrtasan air an dèanamh aithnichte do Dhia.” (Philip. iv. 6.)

130. C. Am bheil na briathran so gu bhi air an tuigsinn gu litireil ?

F. Cha 'n 'eil : nam biodh iad gu bhì air an tuigsinn gu litireil, bhiodh e eu-comasach gluasad d' an réir, gun dearmad a dhéanamh air gach dleasannas eile ach ùrnuigh amhàin : is e nì a tha iad a' ciallachadh, gu'm bu chòir dhuinn bhì againn a ghnàth 'n ar n-inntinnean spiorad na h-ùrnuigh agus na h-athchuinge, a nì gu minig aidmheil le h-ùrnuigh ri Dia aig cathair nan gràs.

131. C. Nach 'eil ùrnuigh a' gabhail a steach nì-eiginn a bhàrr air iartras ?

F. Tha : tha ùrnuigh a' gabhail a steach mar an ceudna Aoradh do Dhia, Aideachadh Peacaidh agus Breith-buidheachais air son a Thròcairean.

132. C. Ciod an dòigh air am bu chòir dhoibh so a bhì gu h-àraid air an cuir an céill, le rùn gu 'n compàirticheadh tu de Shuipeir an Tighearna ?

F. Bu chòir dhomh aoradh do Dhia air son comh-fhreagarrachd fhollaiseach iomlaineachd, gu h-àraid air son a cheartais agus a thròcair', a rinn e 'n ar saoradh, mar a ta e air a shamhlachadh anns an Ordugh so. Bu chòir dhomh aideachadh iriosal agus brònach a dhéanamh as leth mo pheacaidh, nì a tha 'n cuid eiginn 'n a mheadhon air bhì cosnadh buannachd dhomhsa o fhulangas mo Shlànuighir, 'nuair " a chaidh a chorp a bhristeadh agus fhuil a dhòrtadh " air a chrann. Agus bu chòir dhomh aideachadh, leis an taingealachd is mò, gach iomadh buannachd mhòr fhiachail, a tha Dia a' toirt dhuinn tre bhàs a Mhic ro-ghràdhaich, a tha mi gu " chuimhneachadh " aig a Bhòrd Naomha.

133. C. Am bu chòir do t-ùrnuighean, aig an àm so, a bhì air an cur suas as do leth féin amhàin ?

F. Cha bu chòir : bu chòir dhomh mar an ceudna bhì 'g ùrnuigh air son mo chomh-luchd-comanachaidh, agus air son nam Ministearan a tha gu frithealadh aig an Ordugh.

134. C. Ciod iad na h-ùrnuighean bu chòir dhut a chur suas as leth nam Ministearan ?

F. Bu chòir dhomh a bhì 'g ùrnuigh gu 'm mothaicheadh iad mòr chudthrom na h-oibre a tha iad a' frith-ealadh, gu 'm biodh iad air an neartachadh a choimh-

lionadh an dleasannais shòlaimte, agus gu'm biodh iad air an cuideachadh gu facal a labhairt 'n a àm chum ar teagasg agus ar comh-fhurtachadh.

135. C. Am bheil thu cur do dhòchais anns na Ministearan air son éifeachd na Sàcramaide 'nuair tha thu mar so ag ùrnuigh as an leth ?

F. Cha 'n 'eil : tha mi ag earbsadh as a bheannachadh Spioradail, nì, 'n a aonar, is urrainn so, no aon òrdugh eile, a dhèanamh éifeachdach mar mheadhon slàinte : ach ann an Òrdugh na Suipearach tha na Ministearan air an òrduchadh gu pàirt ro chudthromach a fhrithealadh ; agus gu cinnteach is e mo dhleasannas ùrnuigh dhùrachdach a chuir suas as an leth, a' guidhe gu'm bì iad comasach so a dhèanamh le buaidh.

136. C. Ciod iad na h-ùrnuighean bu chòir dhut a chuir suas as leth do chomh-luchd-comanachaidh ?

F. Bu chòir dhomh aslachadh gu 'm biodh iad uile air an ullachadh a réir ullachaidh an ionaid naoimh ; chum a's gu'm bì iad 'n an aoidhean taitneach aig Bòrd an Tighearna ; chum gu 'm bì an uile ghràsan 'am beò-ghluasad 'nuair tha iad a' frithealadh an Orduigh Shòlaimte ; chum gu'm faigh iad uaithe gach uile bheannachd a th' air a rùnachadh theachd 'n a lorg.

137. C. Ciod an dòigh air am bu chòir dbut thu féin a ghiùlan aig Bòrd an Tighearna, agus a' compàirteachadh de dh' eileamaidean* na Sàcramaide ?

F. Bu chòir dhomh a thoirt fainear nach 'eil mi amhàin ann an làthair mo cho-chreutairean, a dh' fhaodar a mealladh le coltas diadhachd, ach ann an làthair Dhé uile-chumhachdaich féin, nach faodar a mhealladh, aig am bheil mòr-dhìomhaireachd mo chridhe fa chomhair a shùl, agus a chuir an céill "gu 'm bàsaich dòchas a chealgaire:" bu chòir dhomh uime sin a "chuir a chumail, cha 'n ann le taois ghoirt a' mhì-rùin agus an uile ; ach le *aran* neo-ghoirtichte an *tréibhdhireis* agus na *fìrinn*," (1 Cor. v. 8.) le suidheachadh inntinn chràbhach agus spioradail, cho math ri giùlan eireachdail o 'n leth muigh : bu chòir dhomh bhì faicilleach gu cùram

* Shamhlaidhean.

an t-saoghail fhuadachadh, agus gach uile smuain pheacach neo-fhiùghail a chumail fo smachd, agus m' uile aire bhi suidhichte air an t-seirbhis naomh a tha dòl air a h-aghaidh: bu chòir dhomh bhi aoibhneach gu 'm bheil mi air mo ghabhail a steach gu còir cho mòr, agus gàirdeachas a dhèanamh "le ball-chrith," 'nuair a smuainicheas mi cia cho neo-airidh 's a ta mi air a nealtuinn; bu choir dhomh beachd-smuaineachadh, leis a ghràdh agus an taingealachd is ro-mhò, air giùlan, fulangas, agus bàs, an Fhir-shaoraidh ghràs-mhoir sin, a thubhairt, "Dèan somar chuimhneachan orm-sa," bu chòir dhomh beachdan creidmheach a bhi agam air an ìobairt-réitich mhòir sin a thug e suas air son peacaidh, agus aithneachadh agus a thuigsinn, 'nuair tha mi 'g itheadh an arain agus ag òl an fhìona, gu 'm bheil mi 'g aontachadh, air a mhodh is sòlaimte, leis a chumhnant thròcaireach agus naomh' a sheulaich e le fhuil: bu chòir dhomh a nis m' anam, mo chorp, mo chridhe, agus mo bheatha a strìochdadh dhasan "a ghràdhaich mi, agus a thug e féin air mo shon:" (Gal. ii. 20.) agus a rùnachadh, thar cuimhneachanain a bhàis, agus ann an neart gràis spioradail, "Dia a ghlòrachadh le m' chorp, agus le m' spiorad, nithe a's leis féin," (1 Cor. vi. 20.) le mi féin àicheadh do thoilinntinnean peacach; "a' coimhionadh naomhachd ann an eagal Dé;" (2 Cor. vii. 1.) agus a bhi beò, cho fada's a 's comas domh, ann an Sìth agus ann an Seirc ris na h-uile dhaoine.

138. C. Ciod bu chòir dhut a dhèanamh an déigh compàirteachadh de Shuipeir an Tighearna?

F. Bu chòir dhomh mo thaingealachd a nochdadh do Dhia air son a' chothroim a thug e dhomh air an Ordugh so a fhrithealadh, agus a bhi 'g ùrnuigh gu 'n còmhnadh e leam gu bhuileachadh ann an dòighean glic' agus feumail.

139. C. Nach bu chòir dhut an déigh sin ùine chuir air leth air son féin-cheasnachadh cudthromach?

F. Bu chòir: tha 'n cridhe cho ro-chealgach; tha sinn cho ro-ullamh air coltas na diadhachd, o'n leth a muigh, a

ghabhail an riochd fìor-chràbhadh o 'n leth a stigh, agus tha Ordugh na Suipearach 'n a chumhnant cho sòlaimte eadar Dia agus an t-anam, air chor a's gu 'm bheil féin-cheasnachadh cho iomchuidh an déigh comanachaidh a's a tha e roimh.

140. C. Ciod e an ni sin mu 'm bu chòir dhut thu féin a cheasnachadh?

F. Bu chòir dhomh mi féin a cheasnachadh mu 'n dòigh anns an d' rinn mi mi féin a ghiùlan, agus mu 'n fhéin-fhiosrachadh a fhuair mi, aig Bòrd an Tighearna.

141. C. Ciod a bhuanachd a dh' fhaodas éirigh o'n cheasnachadh so do thaobh na dòigh air an do ghiùlan thu thu féin aig Bòrd an Tighearna?

F. Theagamh gu 'n robh mi mì-chùramach, neo-fhaicilleach, eas-urramach, gu m' thoileachadh féin le smuaintean diamhain, agus ag itheadh agus ag òl gun bheachdan spioradail agus gun fhaireachduinn diadhaidh; no theagamh gu 'n robh m' inntinn gu cubhaidh air a taiseachadh agus ann am fonn, agus gu 'n robh mi, ann an dòighean eile, a' compàirteachadh gu h-iomchuidh dhe 'n Ordugh.

142. C. Ciod e do dhleasannas ma's e 'n giùlan ma dheireadh a dh' ainmich thu a bh' agad aig Bòrd an Tighearna?

F. Is e mo dhleasannas bhi taingeil do Dhia, Tì is e ùghdar gach uile thiodhlaic agus ghràis a tha mi mealtuinn air son cuideachadh leam gu comanachadh ann an dòigh cho freagarrach agus cho taitneach.

143. C. Ciod e do dhleasannas ma's e cheud ghiùlan a dh' ainmich thu bha agad aig Bòrd an Tighearna?

F. Bu chòir dhomh bhi iriosal an làthair Dhé, a' guidhe air mathanas a thoirt d' an neo-fhiùghalachd do 'n robh mi ciontach, a' rùnachadh, trid còmhnaidh a ghràis, mi féin a ghiùlan gu cubhaidh aig gach àm á so suas.

144. C. Ach nach 'eil neo-iomlanachd an co-lorg a' chomanachaidh a's fiùghail' a nì thu?

F. Tha: tha peacadh agus neo-iomlanachd a' dlùleantuinn ri mo sheirbhisean cràbhaidh is glaine, agus, air an aobhar sin, tha mòr cheann-fath agam do ghnàth air mi féin irioslachadh; ach bu chòir dhomh bhi gu sòn-

aichte cùramach gu sin a dhèanamh 'nuair tha mo heachd gearr toileil agus deònach, no sruthadh o ghnè air bith de neo-spéis do 'n dleasannas naomha.

145. C. Ciod i a' bhuanachd a dh' fhaodas sruthadh o 'n fhéin-cheasnachadh do thaobh an fhéin-fhiosrachaidh a fhuair thu aig Bòrd an Tighearn?

F. Theagamh gu 'n d' fhuair mi comh-fhurtachd, gu 'n d' fhuair mi sòlas, agus gu 'n deach' m' ath-leasachadh; no theagamh nach robh aon éifeachd dhiubh so air an nochdadh, ach gu 'n do mhothaich mi sgìos agus neo-thairbhe, agus neo-làthaireachd nam beannachd-an sin a tha 'n t-Ordugh so a' gealltuinn agus a' rùnachadh a choimhlionadh.

146. C. Ciod e do dhleasannas ma 's e cheud ni a dh' ainimich thu do chor?

F. Is e mo dhleasannas a bhi taingeil dhasan, an Tì, tre 'ghràs an d' rinneadh an t-Sàcramaid éifeachdach ann an toirt dhomh sìth', agus aoibhneis, agus ath-leasachaidh, agus a bhi cùramach gu mo thaingeachachd a nochdadh, le mi féin a thoirt tharais gu mòr eud, ann an coimhead uile òrduighean agus àithntean.

147. C. Ciod e do dhleasannas ma bha t-fhéin-fhiosrachadh gun chomh-fhurtachd agus neo-tharbhach?

F. 'S e mo cheud dhleasannas a chùis a rannsachadh le dùrachd neo-leth-bhreitheach, agus is e m' ath dhleasannas oidheirpeachadh, leis gach meadhon iomchuidh, na h-aobharan sin a thréigsinn, chum gu 'm faod mi as déigh sin a bhi ni 's comasaiche gu compàirteachadh de Shuipeir an Tighearna le mòr-bhuanachd agus buaidh.

148. C. Nach faod a leithid sin de dh' fhéin-fhiosrachadh a bhi ghnàth air a chuir as leth gnè choire anns an neach a ta comanachadh?

F. Faodaidh: 'S i 'n fhèirinn ghnàthaichte, "ma dhlùthaicheas sinn ri Dia, dluthaichidh e ruinn:" (Seum. iv. 8.) agus, air an aobhar sin, ma tha sinn gun bhuanachd fhaotainn no air ar cur air falbh falamb, tha na h-uile reusan againn bhi 'n amharus nach robh ar n-ullachadh iomchuidh agus gu'n robh ar dòchas mì-reusanta, no nach robh ar giùlan aig Bòrd an Tighearna gu h-ìomlan freagarrach.

149. C. Ciod a tha sin a' toirt gu cuimhne ?

F. Tha e toirt gu cuimhne, anns gach uile cheum de 'n fhéin-fhiosrachadh sin, am feadh 's a tha sinn ri caoidh, ann an Spiorad na h-ùmhachd iomlan do 'n toil naomha, neo-làthaireachd na sìth' agus an aoibhneis a bha dòchas againn a mhealtuinn, bu chòir dhuinn uime sin sinn féin a cheasnachadh gu dìcheallach, a dh' fhaicinn ciod e " an ni aingidh " a chuir aig an àm sin " dealachadh eadar Dia agus sinne," agus a chum ar " n-anaman ciocrach " o bhi air an sasachadh " le nithe maithe " agus " ar neart o bhi air ath-nuadhachadh mar neart na h-iolaire."

150. C. Nach 'eil seorsa de dh'fhéin-fhiosrachadh ann ris am bheil sùil aig cuid de shluagh aineolach, ach ris nach faod thusa, le reusan, dùil a bhi agad aig Bòrd an Tighearna ?

F. Tha : ach cha 'n 'eil reusan agam a shaoilsinn gu 'm fairich mi atharrachadh obann air bith air mo thuigse, no teas-ghràdh cridhe agus mothachadh ; oir ged nach 'eil aon ni a' cur grabaidh air Spiorad Dhé oibreachadh air an dòigh shònraichte so, gidheadh, tha a mheadhon gnàth-aichte ciuin agus dìomhair, agus is i Sàcramaid na Suipearach aon de na meadhonan so leis am bheil e, ann an dòigh reusanta, ag oibreachadh air ar n-inntinn agus air ar nàdur.

151. C. Ciod e a' ghnè fhéin-fhiosrachaidh a tha nàdur creideimh gu bitheanta, agus gu h-àraidh Suipeir an Tighearna, a' toirt dhut dòchas air fhaireachadh ?

F. Tha reusan earbs' agam gu 'm fairich mi a chomh-fhurtachd agus an toileachas-inntinn sin a tha bhi beachd-smuaineachadh, tre chreideamh, air cuimhneachanan ìobairt Chrìosd, gu nàdurach, comasach air a chuir ann am inntinn : chum a's gu 'm féin-fhiosraich mi mòr-bhròn cridhe air son peacaidh, 'nuair a chì mi na h-uile ni a dh' fhuilig Crìosd air mo shon : chum gu 'm fàs mo ghràdh dhasan ni 's mò agus ni 's blaithe, 'nuair chì mi am mòr-luach a dhìole gu fiùgbantach airson mo shaoraidh : gu 'm bàsaich gach uile ghamhlas a th' agam do dhaoine eile air falbh 'a m' uchd, 'nuair tha leithid do dhearbhadh làidir air mòr-throcair Dhé do m' thaobh, agus, ann an

aon fhacal, gu 'm faigh mi comharraidhean ni' s beotha agus ni' s buaine air na firinnean cudthromach neo-chrìoch-nach sin a th' air an stéidheachadh air bàs Chrìosd, agus a tha gu feumail an dlù-dhàimh ri sabhaladh m' anma.

152 C. Ge b' e air bith do ghiùlan no t-féin-fhiosrachadh aig Bòrd an Tighearna, nach 'eil e mar fhiachan ort na cumhnantan a choimhlionadh a th' air an ciallachadh leis a' chomanachadh ?

F. Tha gu cinnteach, a thaobh gu 'n bhòidich mi do 'n Tighearn, agus a chionn nach 'eil mo bhòid amhàin laghail, ach gu fìor-cheart agus feumail, tha e mar fhiachan orm, mar chòir dleasannais agus buannachd, a coimhlionadh leis a chùram a 's mò.

153. C. Ciod an giùlan a ta 'bhòid so a' cur mar fhiachan ort a ghléidheadh ?

F. A leithid de ghiùlan 's a tha air òrduchadh le toil agus facal Dé. “Ma rinn mi aingidheachd 's an àm a dh'fhalbh, feumaidh mi oidheirpeachadh gu'n sin a dhèanamh ni' s mò.” (Iob xxxiv. 32.) Ma bha mi beo 'a'm choigreach do Chrìosd, feumaidh mi nise “mi féin àicheadh, mo chrann-céusaidh a thogail gach là, agus e-san a leantuinn.” (Lucas ix. 23.) Ma dhearmad mi cùram m' anma, feumaidh mi nis an aire thoirt air “mar an t-aon ni feumail.” Ma rinn mi roimh so mo Shlànuigh-ea a ghràdhachadh agus a riarachadh, feumaidh mi nis a bli faicilleach gu ghràdhachadh ni 's mo agus a riarachadh ni's feàrr na rinn mi riamh roimh so. A dh'aon fhacal, feumaidh gur e mo làn rùn agus mo ghnòthach “a bhi fàs ann an gràs, agus *ann an* eòlas (eòlas slàinteil agus gnàthaichte) mo Thighearn agus mo Shlànuighir Iosa Crìosd.” (2 Pead. iii, 18.)

154. C. Ciod a tha sinn gu smuaineachadh dhiubhsan, muinntir, an déidh dhoibh compàirteachadh de Shuipeir an Tighearna, a tha g' an toirt féin suas mar chleachd iad do shlighean an t-saoghail agus a pheacaidh ?

F. Cha bu chòir dhuinn breith obann no chruaidh a thoirt air neach sam bith; ach tha muinntir sin gun amharus a' feuchainn nach robh iad da rìreadh “maille ri Crìosd,” agus “nach d' fhòghluim iad uaithe.” Aon

chuid cha robh an aidmheil fìrinneach, no tha an gnàthachadh mì-fhreagarrach do 'n "aideachadh mhath a chunnaic iad;" air an dhòigh so tha 'n giùlan ro-chiontach.

155. C. Nach 'eil giùlan na muinntreach sin anabarrach cronail ?

F. Tha : tha e anabarrach cronail dhoibh féin, do bhrìgh gu 'm bheil e 'na mhòr an-tromachadh air an ciont ; agus tha e anabarrach cronail do chreideamh, do bhrìgh gu 'm bheil e cuir eisempleir aimhleasach an làthair dhaoine eile, agus a' toirt aobhair do dhaoine aingidh, neo-chreidmheach, toibheum a labhairt, dìmeas a dhèanamh air an t-soisgeul, agus fanaid air òrduighean.

156. C. Nach 'eil an gnàthachadh so air an t-soisgeil, le daoine mì-chreidmheach, ro leth-bhreitheach agus neo-cheart ?

F. Tha : oir feumaidh an soisgeul, mar gach riaghailt eile, seasamh no tuiteam a réir a bhuidhean agus fhianuisean féin, agus cha 'n urrainn e bhi freagarrach air son giùlain a luchd-aidmheil. Ma tha breith gu bhi air a thoirt air an t-soisgeul a réir giùlain Chrìosduidhean a tha 'ga aideachadh, feumaidh e bhi gur ann an uair a chreideas iad sin da rìreadh a' theagasg, agus a bheir iad ùmhlachd dhìleas d' a àitheantan.

157. C. Ach o'n a tha naimhdean a' chreideamh gu minig a' toirt breith agus a' labhairt mu chreideamh do réir giùlain a luchd-aidmheil, nach bu chòir dhut uime sin a bhi gu sònraichte faicilleach ?

F. Bu chòir gu cinnteach : air dhomh compàirteachadh de Shàcramaid Suipeir an Tighearna, agus an t-aideachadh Sòlaimte a tha sin a' ciallachadh a dhèanamh, bu chòir dhomh bhi gu sònraichte cùramach chum "gluasad ann an gliocas a thaobh na dream sin a ta 'n leth muigh," (Col. iv. 5.) "a'seachnadh gach uile choslais uile," (1 Tesal. v. 22.) agus "mo sholus a bhi dealradh an làthair dhaoine, chum gu faic iad mo dheadh oibre, agus gu toir iad glòir do m' Athair a ta air nèamh." (Mat. v. 16.)

158. C. Am bheil an fhìrinn sin, gu 'm bheil ar bòidean comanchaidh ullamh gu bhi air an dì-chuimhneachadh no air an dearmad, 'n a dheagh reusan air son nach compàirticheadh sinn de Shuipeir an Tighearna ?

F. Cha 'n 'eil e 'n a dheagh reusan : oir is co math dhuinn a ràdh nach bu chòir aon ghealladh a thoirt, air

eagal nach coimhlionar e, agus nach bu chòir aon chumh-
nant a dhèanamh, do bhrìgh gu 'm bheil cumhnantan gu
minig air am briseadh. A thuilleadh, gu 'm bheil com-
pàirteachadh de Shuipeir an Tighearna 'n a dhleasannas
òrduichte, a dh' fheumas bhi air a choimhlionadh, ma
tha suim againn do dh' ughdarras Chrìosd. Agus, 'nuair
choimhead sinn an t-Ordugh so, bu choir dhuinn strì ri
siubhal d' a réir, ni a dh' fheudas sinn gu cinnteach a
dhèanamh le còmhnadh Chrìosd, " trèd-san a tha ga m'
neartachadh," ars' an t-Abstol, "'s urrainn mi na h-uile
nithe dhèanamh." (Phil. iv. 13.)

159. C. Nach còir toradh gnàthachaidh a' chomanachaidh e féin
a thaisbeanadh anns gach uile dhàimh agus inbhe anns am faod thu
bhi suidhichte ?

F. 'S còir : thàinig Luchd-comanachaidh fo
chumhnantan aig Bòrd an Tighearn a ruigeas gach uile
dhàimh agus inbhe 's a bheatha so. Tha iad gabhail os
làimh "gu 'n deàn iad teagasg Dhé ar Slànuighir
maiseach anns na h-uile nitheibh," (Tit. ii. 10.) agus, air
an aobhar sin, ma bha iad fìrinneach 'n an aidmheil, bith-
idh iad cùramach gu bhi iriosal 'n an saobhreas agus
foighidneach an àm àmhghar ; ni 's seasmaiche 'n agh-
aidh buairidh, ni 's dìcheallaiche ann an ath-leasachadh
meadhonan agus òrduighean a ghràis, agus ni 's ro
dhleasaile mar dhaoine agus mar mhnathan-posda, mar
phàrantan agus mar chloinn, mar mbaighstearan agus
mar sheirbhisich, mar uachdaranan agus mar ìochdaranan,
mar choimhearsnaich agus mar chàirdean.

160. C. Nach 'eil a' bheatha a tha thu gabhail os làimh a ghiùlan,
aig Bòrd an Tighearna, 'n a beatha a tha làn doilgheis agus cunnairt ?

F. Tha : tha mi cho mor air mo chuirteachadh le
buairidhean, tha liuthad nàmhaid cumhachdach agam
ri còmhrag riu, agus tha mo chridhe cho truaillidh agus
claon, air chor a's nach urrainn i gu 'n bhi cruaidh agus
deacair beatha sin a' chreideimh agus na naomhachd, a
tha mo Shlànuighear ag iarraidh, a ghiùlan ; agus uaithe
so tha beatha a Chrìosduidh air a h-ainmeachadh anns
an Sgrìobtur, *Uallach, Cuing*, agus *Crois*.

161. C. Am bheil na briathran so a' ciallachadh gu 'm bheil
beatha a Chrìosduidh gu h-iomlan as eugmhais comh-fhurtachd ?

F. Cha 'n 'eil : cha 'n urrainn iad sin a chiallachadh : ged tha beatha a Chrìosduidh 'n a h-eallach, tha i eutrom; ged tha i 'n a cuing, tha i sòcrach ; ged tha i 'n a crois, tha i dhoibh-san a ta 'ga giùlan 'n a h-aoibhneas cho math a's 'n a bròn. 'S e so an cunntas a ta oirre anns an Sgrìobtur, agus is e so féin-fhiosrachadh gach uile dheisciobul dìleas do Chrìosd.

162. C. Nach 'eil beatha a' Chrìosduidh a' làn-chòrdadh ri fìor thoilinntinn an t-saoghail so ?

F. Tha : 's e sin ri ràdh, faodaidh am fìor chrìosduidh uile thoilinntinn neo-lochdach an t-saoghail so a mhealtuinn, agus tha iad so do dh' inntinn a Chrìosduidh ro lìonmhor ann ; tha e seachnadh na truaighe sin a tha gu cinnteach a' dlù-leanmhuinn a' pheacaidh : 'Tha e seachnadh gach cùraim agus gach mealladh-dòchais a ta claidh dhaoine ain-diadhaidh, do bhrìgh gu 'm bheil e " gnàthachadh an t-saoghail so, mar neach nach 'eil 'g a mhìghnàthachadh; oir théid sgiamh an t-saoghail so seachad;" (1 Cor. vii. 31.) agus tha gach uile ni math, agus gach cruaidh-chas saoghalta, 'n am bunchar solais da, ann an dòigh tha sònraichte dha féin, do bhrìgh gu 'm bheil stéidh a dhòchais a' teagasg dha a bhì 'g am measadh agus 'g an gnàthachadh mar mheadhonan leis am bheil e air a dhèanamh comasach air bhì " tasgaidh suas dha féin deadh bhunait fa chomhair an àm ri teachd, chum gu 'n dèan e greim air a' bheatha mhaireannaich." (1 Tim. vi. 19.)

163. C. Aig an àm cheudna, nach 'eil iad so gu mòr air am mealladh a tha 'g inntinn air beath' a Chrìosduidh, no a' fantuinn innte leis a bheachd nach 'eil a bheag no mhòr innt' ach nithe socrach agus taitneach ?

F. Tha : oir ged tha aig " diadhachd gealladh na beath' a ta làthair," (1 Tim. iv. 8.) agus na h-uile " aig am bheil gràdh do lagh Dhé 's mòr an sìth," (Salm cxix. 165.) gidheadh, tha an Sgrìobtur a' cur an céill agus is urrainn gach fìor Chrìosduidh fianuis a thoirt air fìrinn na cùise, gu 'm bheil iomadh deuchainn shearbh, iomadh cômhrag cràiteach, iomadh mì-mhisneach, agus iomadh

bròn, gu do-sheachanta, ann an dlù-dhàimh ri creideamh agus cleachdadh an t-Soisgeil.

164. C. Nach do sholair Dia dhut-sa cùl-taic agus comh-fhurtachd a ta làn-fhoghainteach air son nan cruaidh-chasan agus nan àmhgharan so ?

F. Sholair : sholair e gach cùl-taic agus comh-fhurtachd a tha dh' uireasbhuidh air mo staid—ris am faodadh, gu reusanta, dùil a bhi agam fhaighinn no iarraidh.

165. C. Ciod e an cùl-taic agus a' chomh-fhurtachd sin ?

F. Dearbh-bheachd gu 'n dèan Dia a “ ghràs foghainteach air mo shon, agus a chùmhadh foirfe ann am anmhuinneachd :” (2 Cor. xii. 9.) rabhadh o Dhia gu 'n tug Crìosd cheana buaidh air mo naimhdean Spioradail, agus trìd-san gu 'n toir gach uile chreidmheach tuille 's buaidh ; gealladh gu 'm bì 'n Spiorad air a thoirt dhoibhsan a dh' iarras e, gu fantuinn do ghnàth maille riu, agus g' an treòrachadh air an t-slighe shìorruidh ; agus tha 'n sin air a chuir fa m' chomhair an sealladh cinnteach air beatha neo-bhàsmhor, shona, agus ghlòrmhoir, air nèamh, ma bhios mi dìleas eadhon gu bàs. Leis na nithe so 'ga m' bhrosnachadh, agus leis na ruintean sin, tha na h-uile cheann-fath agam cha 'n e mhàin bhi “ bunailteach agus do-ghluasad ” ach eadhon a bhi triall air mo shlighe Chrìosdail “ a' dèanamh aoibhneis le gairdeachas do-labhairt, agus làn de ghloir.”

EARAIL CHOMANACHIDH

ROIMH ROINN NAN EILEAMAIDEAN.

MU'N taisbean sibh sibh féin aig Bòrd Comanachaidh tha mi 'n dòchas, mo chàirdean, gu 'n do rannsaich sibh a dh' fhaotainn an eòlais fheumail air nàdur agus brìgh an Orduigh so, a tha sibh an dràsda gu fhrithealadh. Leis na meadhonan 'n 'ur comas chum eòlas iomchuidh fhaotainn air an òrdugh, agus, gidheadh, tre neo-thoirt no mì-chùram, a bhi fantuinn ann an staid aineolais, is peacadh sin a tha antromach an làthair Dhé, agus mar so 'g 'ur fàgail-sa neo-iomchuidh gu dlùthachadh ris le taitneas. Agus, gu'n ainmeachadh air a chiont a tha co-cheangailte ri lethaid so de ghiùlan, bhitheadh e gu soilleir neo-fhreagarrach—bhitheadh e truailleadh gach ni a ta eir-eachdail agus reusanta a bhi gnàthachdh an-t suidhichidh so gun sibh sibh féin a chuir gu dragh air bith chum a bhrìgh a thuigsinn, ged tha e ag aideachadh a bhi 'n a chumhnant sòlaimte Ris-san, Tì, is e Fear-rannsachaidh a' chridhe agus breitheamh nan uile. Air an aobhar sin, tha dòchas agam gu 'n robh sibh cùramach chum 'ur n-inntinnean fhòghlum a thaobh Sàcramaid Suipeir 'ur Fir-saoraidh—an t-ùghdarras trid am bheil i air a h-òrd-uchadh—a' ni a ta i cumail air chuimhne, an teagasg a ta i nochdadh—na h-aobharan air son am bu chòir a h-onarachadh—an suidheachadh inntinn agus an giùlan a ta i 'g iarraidh—na h-éif eachdan ris am bì sùil againn 'na lorg—agus na fiachan sònraichte fo 'm bheil i a' cur gach aon a tha compàirteachadh dh' i.

Tha e gu mòr bhuannachd, mar an ceudna, 'nuair tha

sibh dlùthachadh ri Bòrd an Tighearna, gu 'n gluais sibh fo chumhachd rùintean freagarrach agus fiùghail. Ma tha sibh a' tighinn an so amhàin chum deagh ainm a chumail suas, no chum ar buannachd Shaoghalta a mheudachdh—dh' aontachadh le nòs na dùthcha, no le iarrtas chàirdean—a dhìoladh air son ana-cneastachd na h-ùine a chaidh, no chum am falach o shùilean 'ur co-chreutairean:—ma 's iad so na beachdan leis am bheil sibh air 'ur brosnachadh, cha ruig mi leas innseadh dhuibh gu 'm bheil 'ur seirbhis diamhain—gu 'm bheil i fuathach le Dia, agus gu 'n dearbh i bhi cronail dhuibh féin. Tha mi 'n dòchas, co-dhiubh, gu 'm bheil 'ur beachdan-sa ni 's reusanta, ni 's spioradaile, agus ni 's naomha. Tha mi 'n dòchas gu 'm bheil sibh a' teachd gu Bòrd an Tighearna tre urram do dh' ùghdarras Chrìosd, a dh' àithn dhuibhse “ so a dhèanamh mar chuimhneachan air-san:”—o theas-ghràdh—dhasan air son a' mhathais agus na tròcair' a nochd e 'n a fhulangas, agus ann am bàsachadh air son ar saorsa—o iarrtas cuimhne air-san a chumail suas ann 'ur cridheachan agus anns an t-saoghal—o rùn aideachadh sòlaimte agus folaiseach a dhèanamh air 'ur creideamh ann am fìrinn a theachd-aireachd, agus ann an teagasg a chroinne-chéusaidhsan—o bheachd air an fhéin-fhiosrachadh, air a chomhfhurtachd, agus an leasachadh, nithe ris am bì sùil ann an co-lorg an Orduigh so—o dhearbh-chinnt gu 'm bheil e 'n a chòmharradh sònraichte air sibh a bhi gabhail ris an t-Soisgeul, agus air fabhar Dhé d' ar taobh—agus o 'n taitneas a tha fiughair agaibh a mhothachadh ann an co-chomunn a chumail ri Crìosd ar Slànuighear, agus ri cach a chéile mar chreidmheich ann an Crìosd agus mar

luchd-dòchais á 'shlàinte-san. Ma 's iad so 'ur rùintean, a luchd-comanachaidh, air son compàirteachaidh de Shuip-eir an Tighearna,—ma dh' fhairich sibh, ann an tomhas àraid, an cumhachd 'g 'ur comh-eigneachadh, ma tha sibh da rìreadh déigheil air an daingneachadh agus an ath-bheothachadh, agus iad a bhi air an sparradh gu cumhachdach air 'ur n-inntinnean—an sin dhèanainn coghàirdeachas maille ribh, air dhuibh ni a bhuanachd nach b' urrainn ach gràs Dhé amhàin a bhuileachadh oirbh, agus ni a ta 'n a deagh earlas air na cothroman a tha sruthadh o sheirbhis chotaitneach agus chonaomha.

Tha mi 'n dòchas, uime sin, nach do ghabh sibh a dhànadas oirbh féin tighinn a dh' ionnsuidh an Orduigh so gun an t-ullachadh iomchuidh. An d' rinn sibh sibh féin a cheasnachadh gu cùramach agus gu neo-leth-bhreitheach mu thimcheall staid 'ur cridheachan agus 'ur giùlain? An do shaothraich sibh a dh' fhaotainn nam buadhan a ta iomchuidh gu 'ur comanachadh a dhèanamh taitneach do Dhia, agus buannachdail dhuibh féin? Am b' e 'ur guidhe agus 'ur dicheall gu 'm biodh agaibh uile ghràsan an Spioraid ann am beo-sheirbhis? Agus am bheil sibh a nis deas gu sibh féin a thoirt tharais, araon ann an anam agus ann an corp, do sheirbhis agus do ghlòir an Fhir-shaoraidh? Tha mi 'n dòchas, 'a luchd-comanachaidh, gur e so 'ur cor 'n a Shealladh-san d' an léir 'ur smaintean is faide stigh, an Tì sin nach comasach dhuibhse a mhealladh le coltas diadhachd air bith, a tha eudmhor a thaobh onair araon a chliù agus òrduighean, agus air nach dèanar fanaid gun dìoladh. Tha mi 'n earbsa gu 'n d' thug sibh ni 's mò no aire choitcheann do 'n chùis, agus gu 'n d' rinn

sibh ni 's mò na saothair choitcheann chum a nàduir a thuigsinn, agus chum na fiachan fo 'm bheil i 'g ar cur a thoirt fainear. Tha earbs' agam gu 'm bheil beo-chreid-eamh agaibh ann an teachdaireachd spioradail an Tì sin a ta sibh a' rùnachadh a "chumail air chuimhne," agus treun-earbs' ann an luachmboireachd a bhàis, a tha sibh a nis gu nochdadh. Tha earbs' agam gu 'n d' rinn sibh fìor-aithreachas air son bhur ciontan 's an ùine a chaidh, agus gu 'm bheil sibh a' mothachadh tur-ghràin do 'n pheacadh, mar an ni bu cheann-fath do dh' fhuilangas 'ur Slànuighir. Tha mi 'n earbsa gu 'm bheil 'ur cridh-eachan blath le mòr-ghràdh do 'ur Dia agus do 'ur Fear-saoraidh, le gràdh dìleas do dh' aon a chéile, agus le fiughantas neo-fhéineil do 'n chinne-daoine gu léir. Tha earbs' agam gu 'n do chuir sibh sibh féin fo bhòidean naomha gu 'n àicheadh sibh gach ni a ta calg-dhìreach an aghaidh riaghailtean, no neo-aontachail ri spiorad a' chreideimh a ta sibh ag aideachadh—a' coinbhionadh gach uile dhleasannas a tha air iarraidh oirbh anns gach cor agus dàimh—ag altrum na naomhachd cridhe, agus na fireantachd caithe-beatha sin, a bhuineas do luchd-leanmh-uinn Ghrìosd, agus doibh-san a tha 'n dùil ri nèamh. Ma, a luchd-comanachaidh, a tha sibh mar so dìleas, mar so aithreachail, mar so caomh-chàirdeach, mar so naomha 'n'ur gnothuichean agus 'n'ur giùlan:—ma's urrainn sibh 'ur làmh a chuir air 'ur cridhe, agus a ràdh le fìrinn gu 'm bheil sibh a' sealbhachadh, ann an tomhas math air bith, nam buadhan iomchuidh—agus, leo so uile, ma tha sibh fathast iriosal, fo làn-mhothachadh air 'ur neo-iomlanachd féin, agus a' guidhe gu dùrachdach air son tròcair' a bheir mathanas, agus air son gràis a chum 'ur

na còmhachadh, agus 'ur còmhnaidh, agus 'ur treòrachadh, an sin faodaidh sinn, gu fìrinneach a ràdh, gur ann duibhse a tha 'm Bòrd so air a sgaoileadh, agus a chuirim so air a deasachadh, agus a' toirt dearbh-chinnt gu 'm bì 'ur sheirbhis air gabhail rithe le Dia nan òrduighean, agus gu'n dearbh e a bhi 'na "fhàile beatha chum beatha" do 'ur n-anam.

Ithibh agus òlaibh, uime 'sin mar chuimhneachan air Crìosd, a réir na h-àithne a thug e aig a bhàs; agus gu'm b' ann a bhios an Tighearna féin maille ribh, chum 'ur beannachadh le sòlas a làthaireachd, chum gabhail gu toileach ri bhur n-ìobairt, "a thoirt duibh a réir 'ur cridhe féin" agus chum "bhur n-uile iarrtasan a choimhlionadh.

AN DEIGH ROINN NAN EILEAMAIDEAN.

AIR dhuibh compàirteachadh de dh' Ordugh a' Chomanachaidh, leagaibh leam nis a ghuidhe oirbh gluasad a réir an aideachaidh a rinn sibh agus a' chothroim a mheal sibh. Bithibh beo tre chrideamh ann am Mac Dhé, a ghràdhaich sibh agus a thug e féin air bhur son, an Tì is e ìobairt a bhàis a rinn sibh gu sòlaimte a chuimhneachadh, mar bhunait 'ur n-uile dhòchais. Aicheadhaibh peacadh 'n a chaochladh dhòighean agus ghnàthan, mar an ni, 'na nàdur gràineil agus thoraidhean searbh, a chunnaic sibh air a thaisbeanadh anns na samhlaidhean air corp Chrìosd a bh' air am bristeadh, agus fhuil a bh' air a dòrtadh, chum sibhse shaoradh o chiont agus o chumhachd. Bithibh cùramach gu 'n coimhlion sibh gach dleasannas a dh' ionnsuidh am bheil sibh air 'ur gairm, mar luchd-leanmhuinn air-san a bhàsaich chum gu 'm faodadh e

“’ur glanadh dha féin, sluagh sònraichte, eudmhor ^{na} dheagh oibrìbh.” Agus na fanaibh toilichte le ùmhlachd choitcheann no leth-phàirteach, ach a’ cuimhneachadh gu ’n d’ thug sibh sibh féin do Dia, bithibh cùramach agus ionraic ’n a làthair, ag imeachd ’n a uile àitheantan, agus ’n uile òrduighean, gu neo-lochdach.” Cuimhnicibh gu ’m bheil so iomchuidh araon a chum ’ur tèarnaidh agus cliù ’ur creideimh anns an t-saoghal—mar ’eil sibh mur so dìleas, agus faicilleach, agus naomh, tha sibh a’ milleadh ’ur comh-fhurtachd spioradail—tha sibh ’g ’ur dèanamh féin neo-iomchuidh air son nèimh—a’ toirt mì-chliu do ’n ainm urramach sin tre am bheil sibh air ’ur gairm—agus a’ dèanamh cron anabarrach, do-innseadh, air leas sìorruidh ’ur bràithrean. Agus, a chum ’ur brosnachadh agus ’ur neartachadh ann an slighe an ionracais, ath-bheachdaichibh gu tric air na cumhnantan a dhaingnich sibh aig Bòrd Comanachaidh—roimh-bheachdaichibh gu minig air an àm, ’nuair thig e-san “a thugadh suas aon uair a thoirt air falbh peacanna mhòran, ach an dara uair as eugmhais peacaidh foillsaichear e dhoibh-san chum slàinte”—agus aslaichibh, gu dùrachdach air son còmhnaidh an Spioraid naomh sin, a th’ air a ghealltuinn dhoibh-san a dh’ iarras e, agus a nì sibh “iomchuidh air bhì ’n ’ur luchd-compàirteachaidh de dh’ oighreachd nan naomh ann an sòlas,” agus “gu ’n dèanadh Dia na sìthe a dh’ aisig a rìs o na mairbh ar Tighearn Iosa, Buachaille mòr sin nan caorach, trid fala a’ chumhnaint shìorruidh, sibhse iomlan anns gach uile dheagh obair gu thoilsan a dhèanamh, ag oibreachadh annaibh a’ nì sin a ta ro thaitneach ’n a làthair, tre Iosa CRÌOSD do ’m bì glòir, gu bràth,—agus gu bràth. Amen.

A’ CHRÌOCH.

